

# Comhairle nan Eilean Siar



## Plana Cànanain Gàidhlig 2023 - 2028

Chaidh am Plana seo a dheasachadh a thaobh Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh ris le Bòrd na Gàidhlig air 7 Samhain 2023



# Facal-toisich

---

Tha e na thoileachas mòr dhomh taic a chur ri Plana Cànain Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar airson 2023-2028. Tha sinn air na trì tionndaidhean dhen Phlana ron seo a choileanadh gu soirbheachail, agus tha an ceathramh tionndadh seo dhen Phlana a' togail air, agus ag amas air leasachadh a dhèanamh air, na dealasan ro-innleachdail sna planaichean ron seo. Thèid seo a dhèanamh tro bhith gan ùrachadh, mar a chithear nas fhaide air adhart san sgrìobhainn seo. Tha am Plana a' cur ri Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle, agus bu mhiann leinn a shealltainn gu bheil sinn an dà chuid airidh air ar cliù mar bhuidheann a tha a' cur taic làidir ri Gàidhlig, rud a tha air a bhith follaiseach bhon a chaidh a' Chomhairle a stèidheachadh o chionn 48 bliadhna, agus gu bheil sinn airson an cliù seo a leasachadh.

Sa Phlana seo tha sinn airson cunntas a thoirt air ar lèirsinn airson an ath cheithir bliadhna, tro bhith a' gabhail a-steach amasan a thèid am measadh san t-sreath de sheirbheisean a tha sinn a' tabhann, nam measg, gun tèid ar Buill agus luchd-obrach a mhisneachadh gus sgilean Gàidhlig a chleachdadh is ionnsachadh, agus gun tèid taic a chur riutha gus seo a dhèanamh mar eisimpleir de dheagh chleachdadh. Mar am fastaiche as motha sna h-Eileanan, tha a' Chomhairle cuideachd fortanach nach e a-mhàin gu bheil tòrr Buill agus luchd-obrach ann a tha taiceil a thaobh na Gàidhlig, ach gu bheil iad ga cleachdadh nan obair làitheil cuideachd, agus mar roghainn phearsanta. Tha e nar n-amas an-còmhnaidh gun tog sinn air sin tro bhith ag àrdachadh Gàidhlig mar chànan le spèis co-ionnan ri Beurla. Ann a bhith a' dèanamh seo, bidh sinn ag obair le, agus a' brosnachadh, ar Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd, tòrr dhiubh a tha ag aithneachadh Gàidhlig mar chànan obrach agus so-mhaoin chultarach, eaconomach agus shòisealtasach, a bhios a' cruthachadh agus a' cur taic ri tòrr dhreuchdan agus ghnìomhachasan, agus a bhios a' cur ri soirbheas choimhearsnachdan air feadh nan Eilean Siar.


Tha fàs leantainneach san àireamh sa cheud de chloinn a tha air an clàradh ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air a bhith ann o chionn beagan bhliadhnaichean, le meudachadh de 7% ann an 2022/23. Tha Poileasaidh "Gàidhlig mar Chiad Chànan", a chaidh aontachadh ann an 2019, agus, gu cudromach, an obair ionmholta a thathas a' dèanamh aig ìre Tràth-bhliadhnaichean agus 0-3, air a bhith air leth feumail ann a bhith a' coileanadh a' mheudachaidh leantainn seo. Tha Roinn an Fhoghlaim, Sgilean agus Sheirbheisean Cloinne air a bhith ag àrdachadh bhuidhnean Pàrant is Pàiste thairis air na h-Eileanan, le cuideam air conaltradh is obair chom-pàirteachaidh le pàrantan. Tha e-Sgoil, a libhrig teagasg gu soirbheachail air feadh Alba tron Phandemic Covid, a' leantainn orra le bhith a' leasachadh a Tairgse Nàiseanta, a' libhrigeagh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air feadh Alba do chloinn Bun-sgoil is Àrd-sgoil, a' gabhail a-steach ìrean Nàiseanta 5, Àrd-ìre agus Sàr Àrd-ìre. A bharrachd air sin, bidh e-Sgoil a' libhrigeadh phrògraman riatanach is ùr-ghnàthach de chlasaichean Gàidhlig do sgoilearan de gach ìre, a bhios a' cur ris a' churraicealam rè theirmean-sgoile agus shaor-laithean. Tha solar chothroman ionnsachaidh inbheach mar phàirt cudromach den obair againn, a' gabhail sùim de dh'iomairtean ionnsachadh na Gàidhlig ùra, agus a' gabhail a-steach clasaichean coimhearsnachd air feadh nan Eilean. Tha clasaichean ann a tha freagarrach airson gach

Ìre de neach-ionnsachaidh, agus a tha air an lìbhrigeadh ann an com-pàirticheas le Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean (OGE).

Tha a' Chomhairle ag aithneachadh gu bheil dùbhlain mhòra ro Ghàidhlig, fiù 's sna coimhearsnachdan far a bheilear ga bruidhinn, agus 's e ar n-amas a bhith a' cur taic ri brìgh, a bharracd air susbaint, Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, am Plana Cànain Gàidhlig Nàiseanta agus stiùireadh nàiseanta Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig, buidhnean leis a bheil dlùth chàirdeas obrach againn. A dh'aindeoin sin, 's e prìomh amas phoileasaidhean agus phlanaichean gu lèir na Comhairle taic a chur ri, agus misneachadh a thoirt dha, cleachdadh na Gàidhlig mar phàirt de bheatha làitheil choimhearsnachdan nan Eilean Siar, agus 's e prìomh amas poileasaidh fad beatha a' Phlana seo taic cuimsichte a chur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.

Tha a' Chomhairle cuideachd ag aithneachadh gu bheil a stòrasan ionmhasail fhèin air lùghdachadh o chionn beagan bhliadhnaichean, agus tha e coltach gun lùghdaich iad sna bliadhnaichean a tha romhainn. Mar sin, thathas airson am Plana seo a lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas gnìomhach agus fosgailte le com-pàirtichean reachdail agus coimhearsnachd, agus, gu riatanach, leis na coimhearsnachdan fhèin.

Tha mi a' moladh a' Phlana seo, ar ceathramh Plana Cànain Gàidhlig, don Chomhairle, don Riaghaltas agus do choimhearsnachdan nan Eilean Siar.

A handwritten signature in black ink that reads "Malcolm Burr". The signature is written in a cursive style with a long horizontal stroke at the end.

Malcolm Burr

Àrd-oifigear,  
Comhairle nan Eilean Siar

## Clàr-innse

---

1. Ro-ràdh	td.4
2. Prìomh Phrionnsapalan	td.10
3. Dealasan a' Phlana	td.11
• 3.1 Amasan Sheirbheisean Corporra	td.16
• 3.2 Dachaigh, 0-3 agus Tràth Bhliadhnaichean	td.23
• 3.3 Foghlam: Bun-sgoil, Àrd-sgoil, Foghlam às dèidh na Sgoile	td.29
• 3.4 Coimhearsnachdan	td.40
4. Ceanglaichean gu Frèam-obrach Dèanadais Nàiseanta	td.52
5. Ceanglaichean gu Frèaman-obrach Ionadail agus Sgìreil	td.53
6. Foillseachadh	td.54
7. Maoineachadh a' Phlana	td.55
8. Sgrùdadh Adhartas a' Phlana	td.55
9. Am Plana Cànain Gàidhlig sa Chomhairle	td.55
Fo-sgrìobhadh 1: Ion-sgrùdadh air Comasan Gàidhlig	td.57
Fo-sgrìobhadh 2: Co-chonaltradh	td.67

# 1. RO-RÀDH

## COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

'S e Comhairle nan Eilean Siar<sup>1</sup> an t-ùghdarras ionadail airson nan Eilean Siar. 'S e am fastaiche as motha a th' ann sna h-Eileanan, agus 's ann an Steòrnabhagh ann an Eilean Leòdhais, am baile as motha sna h-Eileanan, a tha a prìomh oifis. Tha mu 2,200 duine ag obair airson na Comhairle air feadh nan Eilean, bho Leòdhas gu Barraigh, agus bithear a' libhrigeadh raon farsaing de sheirbheisean làitheil do choimhearsnachdan nan Eilean. Tha ceithir Roinnean aig a' Chomhairle: Roinn an Àrd-oifigeir; Foghlam, Sgìlean agus Sheirbheisean Cloinne; Coimhearsnachdan; Maoin, Ionmhas agus Stòras; agus Com-pàirteachas Slàinte agus Cùram Sòisealta.

A rèir nam figearan as ùire bho Oifis na Stadais Nàiseanta, tha 26,830 duine a' fuireach sna h-Eileanan Siar<sup>2</sup>, agus tha 61.2% den t-sluagh, aois 3 is nas sine, aig a bheil sgìlean Gàidhlig. Tha 11 uàrd-taghadh thairis air na h-Eileanan, agus bithear a' taghadh 29 Ball na Comhairle, mòran dhiubh ann an gach teirm aig a bheil sgìlean Gàidhlig. Mar sin, chan e a-mhàin gu bheil a' Chomhairle ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig mar phàirt do-dhealaichte de bheathannan, dearbh-aithne agus dualchas muinntir nan Eilean Siar, ach cuideachd, mar chànan oifigeil na h-Alba, gu bheil Gàidhlig mar phàirt bunaiteach de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha cultarail na dùthcha.

Mar sin, tha a' Chomhairle a' cur taic ri amasan a' Phlana Cànain Gàidhlig Nàiseanta, a tha ag amas air stad a chur air crìonadh san àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig, agus fàs na Gàidhlig a chur air chois. Tha a' Chomhairle, air sgàth seo, air na structaran agus iomairtean a chur an àite sa Phlana seo gus dèanamh cinnteach gum bi bunait sheasmhach aig Gàidhlig sna h-Eileanan Siar san àm ri teachd, mar sho-mhaoin eaconomach, shòisealta agus chultarach.

## GÀIDHLIG ANN AN COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

### Seirbheisean

Tha Poileasaidh Gàidhlig, Ro-innleachd Chorporra 2022-2027 agus Plana Cànain Gàidhlig na Comhairle a' cur air adhart agus a' cur taic ri cleachdadh, ionnsachadh agus àrdachadh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar. Mar a bhios am Poileasaidh Gàidhlig agus an Ro-innleachd ag ràdh, fa leth:

***'S e amas poileasaidh na Comhairle anns an fharsaingeachd gum bi Na h-Eileanan an Iar gu bunaiteach na choimhearsnachd dhà-chànanach far a bheil an aon ùghdarras aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla mar mheadhanan conaltraidh.***

<sup>1</sup> Thèid iomradh air mar "a' Chomhairle" air feadh a' Phlana seo.

<sup>2</sup> "Population Estimates for UK, England and Wales, Scotland and Northern Ireland, Mid-2019". (Oifis na Stadais Nàiseanta)

***The Comhairle, in partnership, is committed to creating a sustainable future for Gaelic language and culture in the Outer Hebrides and to ensuring that the Outer Hebrides are recognised and continue to be supported by national organisations for their contribution in support of Gaelic, linguistically and economically.***

A thuilleadh air sin, san t-Samhain 2022, chaidh Poileasaidh ùr “Gàidhlig mar Chiad Chànan” aontachadh leis a’ Chomhairle, le dealas soilleir sa Phoileasaidh gus feallsanachd Gàidhlig mar Chiad Chànan a thoirt air adhart ann an obair na Comhairle gu lèir, agus an luach sòisealta, cultarach, eaconomach agus foghlamach a tha aig Gàidhlig do na h-Eileanan a thoirt air adhart. Gus am Poileasaidh seo a choileanadh, thathar an dùil gun cuir a’ Chomhairle seo an gnìomh tro bhith a’ nochdadh eisimpleir de dheagh chleachdadh, agus an àireamh de luchd-obrach a chleachdas Gàidhlig bho latha gu latha a mheudachadh gu h-in-ghabhalach. Mar a bhios am Poileasaidh ag ràdh:

*Tha dleastanas air a’ Chomhairle a bhith a’ sealltainn eisimpleir de dheagh chleachdadh do bhuidhnean eile tro bhith a’ brosnachadh cleachdadh Gàidhlig an dà chuid ann an suidheachaidhean foirmeil agus coimhearsnachd. Tha seo a’ ciallachadh gum feumar cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh ann an obair gu lèir na Comhairle, gu h-àraid ann an Seòmar na Comhairle, agus dèanamh cinnteach gu bheilear a’ libhrigeadh sheirbheisean mu choinneamh a’ phobaill gu dà-chànanach.*

Mar sin, tha tòrr de na seirbheisean a bhios a’ Chomhairle a’ libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, no a bhios a’ cur taic ri cleachdadh na Gàidhlig, a’ gabhail a-steach seirbheisean ann am foghlam agus ionnsachadh, slàinte agus cùram sòisealta, agus leasachadh eaconomach. Tha buidseat cuideachd ann airson pròiseactan Gàidhlig sa choimhearsnachd. Tha conaltradhean agus conaltradhean mheadhanan sòisealta ann an Gàidhlig agus ann am Beurla, agus tha làrach-lìn na Comhairle dà-chànanach. Ma bhios neach sam bith a’ conaltradh sa Ghàidhlig leis a’ Chomhairle sa chiad dol-a-mach air a fòn no ann an litir no post-d, gheibh e/i freagairt sa Ghàidhlig, agus tha luchd-labhairt na Gàidhlig ann an àitean-fàilteachaidh. (Thèid iarraidh air luchd-obrach le Gàidhlig a bhruidhinn ris a’ phoball air a fòn ma dh’fheumar sin). Tha siostam post-d na Comhairle a’ gabhail a-steach litir “G” ri taobh ainm gach neach-obrach a tha deònach Gàidhlig a chleachdadh, agus thathar a’ cleachdadh suaicheantas le *“Bruidhinn rium sa Ghàidhlig”* ann an soidhnichean post-d nas trice, a’ ciallachadh nach bi e cho dualtach gun tionndaidh luchd-obrach gu Beurla air sgàth ro-bheachd nach urrainn dhan neach eile Gàidhlig a bhruidhinn.

Tha soidhnichean dà-chànanach air, agus ann an, togalaichean na Comhairle, agus air tòrr de shoidhnichean rathaid, agus tha soidhnichean ainmean-àite airson bailtean nan Eilean sa Ghàidhlig a-mhàin. Tha susbaint dà-chànanach ann am foillseachaidhean agus taisbeanaidhean na Comhairle gu lèir, agus tha fiosrachadh mu thaghaidhean sna h-Eileanan dà-chànanach. Bithear a’ libhrigeadh sheirbheisean deamocratach sa Chomhairle gu lèir gu dà-chànanach, far am bi clàran-gnothaich agus geàrr-chunntasan, agus cuid de dh’aithisgean, rim faighinn ann an cruth dà-chànanach, agus tha còir aig daoine Gàidhlig a bhruidhinn sna comataidhean gu lèir. Tha eadar-mhìneachadh maraon an-còmhnaidh ri fhaighinn airson an fheadhainn aig nach eil Gàidhlig. Nuair as urrainnear a dhèanamh, bithear a’ cur eadar-mhìneachadh maraon air dòigh airson coinneamhan poblach.

Tha tòrr de Bhuill ann aig a bheil Gàidhlig, a bhios a’ cleachdadh Gàidhlig san t-Seòmar, agus a bhios deònach agallamhan a dhèanamh dha na meadhanan sa Ghàidhlig. Bidh Comataidh na Gàidhlig a’ coinneachadh gach sreath de choinneamhan Comataidh, a bhios a’ deasbad leasachadh na Gàidhlig sa Chomhairle fhèin agus ann an coimhearsnachdan nan Eilean Siar. Tha sgioba de dh’oifigearan Gàidhlig ann, “Sgioba na Gàidhlig”, a bhios a’ dèanamh cinnteach gun tèid Plana Cànain agus Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle a choileanadh sa bhuidheann gu làitheil. Bidh an Sgioba agus an Oifigear Conaltradh Gàidhlig cuideachd a’ dèanamh cinnteach gu bheil inbhe na Gàidhlig a thathar a’ cleachdadh ann am fiosrachadh corporra agus ann an conaltraidhean aig ìre àrd.

### **Foghlam agus Ionnsachadh**

Tha 21 sgoil-àraich sna h-Eileanan a tha a’ tabhann foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG), le 15 croileagain, agus tha buidhnean Pàrant is Pàiste ann air feadh nan Eilean airson pàranatan agus an clann aois 0-3. Tha seirbheis Ionnsachadh Cànain ann cuideachd, a bhios a’ libhrigeadh leasan, a rèir fheumalachdan, do phàrantan air-loidhne, a bhios a’ cur taic ri ionnsachadh cloinne ann am FtG. Thathar a’ tabhann FtG ann an 18 sgoiltean a-mach à 20 sna h-Eileanan. Tha mòr-chuid seasmhach de chloinn a-nis air an clàradh ann am FtG aig P1, le 54% de chloinn P1 ann an 2022/23 air an clàradh ann am FtG. ’S e Ro-innleachd Clàraidh Ghàidhlig na Comhairle, agus an co-dhùnadh san Dùbhlachd 2019 gus poileasaidh “Gàidhlig mar Chiad Chànan” airson clàraidhean bho sgoil-àraich gu P2 sna h-Eileanan a chur air chois bho 2020/21, a rinn seo comasach. Tha am poileasaidh seo a’ ciallachadh gun tèid clann a chlàradh ann am FtG mar bhun-roghainn (default option), mura h-eil pàrantan gu sònraichte an aghaidh seo. A bharrachd air sin, sa Ghearran 2023, chaidh aontachadh ri “Ro-innleachd airson Foghlam Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar”. Thathar an dùil gun toir seo stiùireadh, taic agus an cleachdadh as fheàrr do cheannardan sgoile is luchd-obrach gus dèanamh cinnteach gum bi teagasg agus cothromas aig an ìre as àirde ann an libhrigeadh FtG bho 0-18 sna h-Eileanan Siar. ’S urrainn dha sgoiltean agus luchd-obrach Tràth-bhliadhnaichean an uairsin obrachadh còmhla ri buidhnean com-pàirteachaidh agus coimhearsnachdan gus adhartas a dhèanamh ann an ionnsachadh thairis air a’ churraicealam, gu h-àraid aig ìrean eadar-ghluasadach: bho dhachaigh gu Tràth-bhliadhnaichean; bho Thràth-bhliadhnaichean gu P1; eadar P7 agus S1, agus bho dh’Fhoghlam Farsaing Coitcheann (FFC) chun ìre as Àirde (Senior Phase).

Tha ceithir àrd-sgoiltean sna h-Eileanan, a bhios, le solar air-loidhne tro e-Sgoil, a’ libhrigeadh chlasaichean Gàidhlig (Fileantaich) agus Gaelic (Luchd-ionnsachaidh) ann an S1 agus S2, agus Gaelic (Luchd-ionnsachaidh) agus sreath de chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig airson S3 agus sgoilearan aig an ìre as Àirde, a’ gabhail a-steach: Gàidhlig (Fileantaich); Cruinn-eòlas; Eachdraidh; Nuadh-eòlas; Eòlas Creideimh agus Moraltachd; Ceòl; Ealain; agus Spàinntis. Thathar a’ libhrigeadh sheiseanan cuideachd tro e-Sgoil a bhios a’ cur ris a’ churraicealam airson sgoilearan bho P1 chun ìre as Àirde, agus tha Preantasachdan Bun-ìre (Foundation Apprenticeships) rim faighinn ann am Meadhanan Cruthachail agus Didseatach, Seirbheisean Sòisealta agus Cùram Slàinte, agus Clann agus Daoine Òga. Bidh a’ Chomhairle cuideachd ag àrdachadh agus a’ cur taic gu mòr ri ealain sa Ghàidhlig sna h-Eileanan, le cuideam air com-pàirteachadh am measg dhaoine òga, gu h-àraid, agus thathar a’ libhrigeadh sheiseanan de thachartasan neo-churraicealach taobh a-muigh na sgoile sa Ghàidhlig airson sgoilearan bun-sgoil agus àrd-sgoil ann an co-obrachadh le Comunn na Gàidhlig agus buidhnean eile.

Tha poileasaidh ùr airson Roinn an Fhoghlaim, Sgìlean agus Sheirbheisean Cloinne a' cur cuideam air a bhith a' cruthachadh feallsanachd (ethos) Ghàidhlig nas làidire ann an sgoiltean. Bidh feallsanachd Ghàidhlig nas làidire a' cur ri ionnsachadh nan sgoilearan, a' cuideachadh ann a bhith a' neartachadh fileantachd nan sgoilearan, agus a' toirt chothroman dhaibh Gàidhlig a bhruidhinn taobh a-muigh a' chlas. Bidh e cuideachd a' brosnachadh sgoilearan gun Ghàidhlig ann a bhith ag ionnsachadh a' chànain agus a' gabhail pàirt ann an tachartasan cultarach Gàidhlig. Thathar a' brosnachadh prìomh luchd-obrach ann a bhith a' bruidhinn Gàidhlig ri sgoilearan le sgìlean Gàidhlig fad na h-ùine, ann an suidheachaidhean foirmeil agus neo-foirmeil, san sgoil fhèin no taobh a-muigh na sgoile, mar eisimpleir de dheagh chleachdadh.

Tha sreath de chlasaichean Gàidhlig ann dha inbhich thairis air na h-Eileanan. Bidh e-Sgoil, ann an co-obrachadh leis an Learning Shop agus OGE A Tuath, An Iar is Innse Gall (UHI North, West and Hebrides), gan lìbhrigeadh, mar chlasaichean aghaidh-ri-aghaidh no air-loidhne, agus tha iad rim faighinn airson luchd-tòiseachaidh, an fheadhainn a tha airson an sgìlean labhairt no sgrìobhadh a neartachadh, no an fheadhainn a tha a' sireadh chothroman còmhraidh. Bidh tòrr luchd-obrach na Comhairle a' frithealadh nan clasaichean seo, agus feumaidh Nuadh Preantasan na Comhairle clasaichean Gàidhlig a dh'fhrithhealadh mar phàirt den chùmhnannt obrach aca.

## GÀIDHLIG ANN AN ALBA

Ann an Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011, fhuair a-mach gun robh 87,056 duine ann an Alba, a bha aois 3 is nas sine, a' riochdachadh 1.7% den t-sluagh, le sgìlean Gàidhlig. Am measg seo:

- Bha 37.2% ann aig an robh sgìlean gu lèir sa Ghàidhlig, a' ciallachadh gum b' urrainn dhaibh Gàidhlig a thuigse, a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh;
- Bha 66.2% ann a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn;
- Bha 7.0% ann a b' urrainn Gàidhlig a leughadh agus/no Gàidhlig a sgrìobhadh, ach nach b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn, agus;
- Bha 26.8% ann a b' urrainn Gàidhlig a thuigse, ach nach b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh.

'S iad a' Ghàidhealtachd, le 16,596 duine, na h-Eileanan Siar, le 16,489 duine, agus Baile Ghlaschu, le 9,469 duine, na trì ùghdarrasan leis an àireamh as motha de dhaoine le sgìlean air choreigin sa Ghàidhlig. (Faic **Figear 1**). Gu dearbh, bha 48.9% de na daoine gu lèir ann an Alba aig an robh sgìlean air choreigin sa Ghàidhlig a' fuireach sna trì ùghdarrasan sin.

'S e an àireamh sa cheud as motha de dhaoine aois 3 is nas sine aig an robh sgìlean Gàidhlig a' fuireach sna h-Eileanan Siar, le 61.2% den t-sluagh gu lèir. 'S iad a' Ghàidhealtachd le 7.4%, agus Earra-Ghàidheal is Bhòid le 5.9%, na h-àitean leis an àireamh sa cheud as motha a bharrachd air na h-Eileanan Siar. Bha 1.3% agus 1.7% aig Baile Dhùn Èidinn agus Baile Ghlaschu, fa leth. (Faic **Figear 1**).

Le 52.3% den t-sluagh gu lèir, 's e na h-Eileanan Siar an t-àite leis an àireamh sa cheud as motha de dhaoine a b' urrainn Gàidhlig a bhruidhinn. 'S iad a' Ghàidhealtachd le 5.4%, agus




Earra-Ghàidheal is Bhòid le 4.0%, na h-àitean a bharrachd air na h-Eileanan Siar leis na h-àireamhan sa cheud as motha.

Gu nàiseanta, thuir 0.49% de shluagh na h-Alba, aois 3 is nas sine, gum biodh iad a' cleachdadh Gàidhlig aig an taigh. Thuir 40.2% de luchd-labhairt na Gàidhlig gu lèir gum biodh iad a' cleachdadh Gàidhlig aig an taigh. 'S iad na h-Eileanan Siar le 73.7%, a' Ghàidhealtachd le 41.5%, agus Earra-Ghàidheal is Bhòid le 33.4%, na trì ùghdarrasan far an deach Gàidhlig a bhruidhinn as cumanta aig an taigh le luchd-labhairt na Gàidhlig.

Bha 41.4% de chloinn gu lèir aig an robh Gàidhlig, aois 5 gu 11, a' fuireach ann an dachaighean far an robh inbhich ann cuideachd le sgilean Gàidhlig, bha 22.5% ann an dachaighean far an robh sgilean Gàidhlig aig cuid de dh'inbhich, agus bha 36.1% a' fuireach ann an dachaighean far an robh inbhich gun sgilean Gàidhlig sam bith.

Figear 1: Àireamh de dhaoine ann an Alba le sgilean Gàidhlig, agus àireamhan sa cheud ann an gach sgìre<sup>3</sup>



<sup>3</sup> Bho *Scotland's Census 2011: Gaelic report (part 1)*, 30 Sultain, 2015.

## ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe thèarainte a thoirt do Ghàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba, le spèis co-ionnan ris a' Bheurla.

'S e aon de na prìomh chumhachdan a tha san Achd 2005, gun urrainn dha Bòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarras poblach plana cànan Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh a' chumhachd seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gum biodh Gàidhlig seasmhach san àm ri teachd tro bhith ag àrdachadh inbhe a' chànan, agus tro bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus Gàidhlig a chleachdadh.

'S e seo Plana Cànan Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar, a chaidh a dheasachadh a thaobh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e ag innse ciamar a bhios a' Chomhairle a' cleachdadh na Gàidhlig san obair aice gu làitheil, ciamar a thèid Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh leis a' phoball agus le com-pàirtichean, agus ciamar a thèid Gàidhlig a dh'àrdachadh agus a leasachadh.

Chaidh Plana Cànan Gàidhlig na Comhairle a dheasachadh a thaobh shlatan-tomhais reachdail san Achd, agus le bhith a' leantainn a' Phlana Cànan Gàidhlig Nàiseanta, le Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Cànan Gàidhlig na lùib.

## AM PLANA CÀNAIN GÀIDHLIG NÀISEANTA

Tha Comhairle nan Eilean Siar a' toirt làn-thaic dhan dà phrìomh amas sa Phlana Cànan Gàidhlig Nàiseanta 2023-2028, mar a leanas:

- *Cuir ri cleachdadh na Gàidhlig*
- *Cuir ri ionnsachadh na Gàidhlig*

Mar sin, tha e na dhealas aig a' Chomhairle cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a leasachadh sna h-Eileanan, a bhios a' cuideachadh ann a bhith a' coileanadh an dà phrìomh amas sa Phlana Cànan Gàidhlig Nàiseanta.

## ION-SGRÙDADH AIR COMASAN GÀIDHLIG

Ann a bhith a' dèanamh deasachadh airson Plana Cànan Gàidhlig na Comhairle 2023-2028, chuir a' Chomhairle suirbhidh air-loidhne, gun urra, as t-Samhradh 2022 air dòigh gus ìre sgilean Gàidhlig an luchd-obrach agus nam Ball fhaighinn a-mach. Chaidh 13 ceistean fhaighneachd a thaobh sgilean Gàidhlig, agus cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig am measg an luchd-obrach agus nam Ball, le cothrom aig deireadh na suirbhidhe beachdan eile a thoirt seachad.

Bhathar an dùil gun cuidicheadh an t-suirbhidh seo ann a bhith a' dearbhadh farsaingeachd amasan agus gnìomhan a bu chòir a bhith sa Phlana Cànan, agus a' sealltainn far an robh beàrnan no duilgheadasan ann a thaobh solar ionnsachadh na Gàidhlig dha luchd-obrach no

Buill a tha airson sgilean Gàidhlig ionnsachadh. Gu lèir, chrìochnaich 308 luchd-obrach is Buill an t-suirbhidh, le riochdachadh làidir bho gach Roinn.

Tha na prìomh thoraidhean mar a leanas:

- Bidh 30.6% a’ cleachdadh Gàidhlig airson co-dhiù a’ mhòr-chuid de lathaichean, ach tha àireamh tòrr nas àirde de 55.1% aig a bheil comas còmhraidh sa Ghàidhlig.
- Tha 42.75% de luchd-obrach is Bhuill ann a tha airson sgilean Gàidhlig ionnsachadh. ’S e seo cha mhòr an aon àireamh, le 42.7%, a tha airson barrachd Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach. Dh’fhaodadh gu bheil seo a’ ciallachadh nam biodh barrachd luchd-obrach is Bhuill ag ionnsachadh Gàidhlig gun dèigheadh barrachd Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach. Feumar leanntainn air le bhith a’ leasachadh nan clasaichean a tha rim faighinn airson luchd-obrach is Buill.
- Thuirt tòrr dhen luchd-obrach gun robh sgilean aca, ach nach deach an cleachdadh son ùine, no gun robh dìth misneachd aca ann a bhith a’ bruidhinn Gàidhlig. Mar sin, gus an comas fàis seo a thoirt gu buil, feumaidh iad a bhith air am brosnachadh gus cothroman ionnsachaidh a ghabhail.
- Bha dìth ùine, agus barrachd cuideim air manaidsearan aig àm nuair a tha nas lugha de luchd-obrach agus buaidh Covid fhathast air cùisean, nan cuspairean mòra a bha a’ cur bacadh air cuid de luchd-obrach is Bhuill ann a bhith a’ frithealadh chlasaichean. Tha seo a’ daingneachadh gu bheil feum air sreath farsaing de chothroman ionnsachaidh gus an subailteachd as motha a thoirt do luchd-obrach agus do Bhuill.

Thèid fiosrachadh às ùr a chumail air sgilean agus feumalachdan Gàidhlig luchd-obrach agus Bhuill rè ùine a’ Phlana seo.

## CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR AN DREACHD PLANA CÀNAIN GÀIDHLIG

Dheasaich Comhairle nan Eilean Siar dreachd de Phlana Cànain Gàidhlig airson 2023-2028, a thaobh Earrann 3 de dh’Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Chaidh an dreachd seo aontachadh le Comataidh na Gàidhlig air 27 Sultain 2022. Chaidh an dreachd an uairsin a-mach gu cùrsa co-chomhairleachaidh phoblaich airson sia seachdainean, a’ tòiseachadh air 30 Sultain, agus a’ crìochnachadh air 11 Samhain 2022. Mar thoradh air a’ cho-chomhairleachadh, chaidh atharrachaidhean a mholadh, ’s a chaidh a dhèanamh ris an dreachd Phlana.

Ghabh tòrr dhaoine agus bhuidhnean pàirt sa cho-chomhairleachadh. Chuir a’ mhòr-chuid den luchd-freagairt fàilte air an dreachd Plana, ’s gun cuidicheadh e gus bunait sheasmhach a chruthachadh do Ghàidhlig sna h-Eileanan airson an àm ri teachd.

## 2. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN

### SPÈIS CO-IONNAN

Fo Achd na Gàidhlig 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gus inbhe thèarainte a thoirt do Ghàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba, le spèis co-ionnan ris a’ Bheurla, agus tha am Bòrd

a' sùileachadh cuideachd gun deasaich ùghdarrasan poblach planaichean a chumas ris a' phrionnsapal seo, le cleachdaidhean a chuireas seo ann an gnìomh.

Mar sin, nì Comhairle nan Eilean Siar cinnteach nuair a thèid Gàidhlig a chleachdadh na seirbheisean, gum bi i air a cleachdadh aig an aon inbhe agus ìre 's a thèid Beurla a chleachdadh na seirbheisean.

## TAIRGSE FHOR-GNÌOMHACH

Bheir Comhairle nan Eilean Siar tairgse fhor-ghnìomhach (active offer) de na seirbheisean Gàidhlig aice don luchd-obrach aice agus don phoball. Nì seo cinnteach nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faighinn, gu bheil luchd-cleachdaidh Gàidhlig mothachail gu bheil iad ann, agus gu bheil iad air am brosnachadh gus an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth gus an t-seirbheis a sireadh, agus bheir e misneachd do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gun tèid na feumalachdan aca a choileanadh mas e sin an toil.

Nì a' Chomhairle cinnteach gum bi na seirbheisean Gàidhlig aice cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla aice.

## ÀBHAISTEACHADH

Ann a bhith a' toirt taic do dh'amasan a' Phlana Cànain Gàidhlig Nàiseanta, nì Comhairle nan Eilean Siar cinnteach gun tèid cothroman don phoball agus luchd-obrach againn Gàidhlig a chleachdadh, a dhèanamh àbhaisteach.

**'S e seo an ceathramh tionndadh de Phlana Cànain Gàidhlig na Comhairle, le sgrùdadh mionaideach air a dhèanamh air toraidhean agus adhartas a' Phlana 2019-2022. Mar sin, thathar a' beachdachadh gu bheil na gnìomhan sa Phlana seo air leth cudromach gus cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar a mheudachadh.**

**Thathar a' toirt air adhart na dealasan a nochd mar thà anns na trì tionndaidhean eile de Phlana Cànain Gàidhlig na Comhairle, agus a chaidh an coileanadh gu soirbheachail, agus a thathar fhathast a' coileanadh.**

## 3. DEALASAN A' PHLANA.

### AMASAN ÀRD-ÌRE

Mus deach òrdugh reachdail a chur gu Comhairle nan Eilean Siar gus plana cànain Gàidhlig ùr a dheasachadh, chaidh còmhraidhean a chumail aig àrd-ìre eadar Bòrd na Gàidhlig agus a' Chomhairle. Anns na còmhraidhean seo, chaidh cuideam a chur air mar a b' urrainn dha obair na Comhairle a' cur taic ri lìbhrigeadh amasan a' Phlana Cànain Gàidhlig Nàiseanta.

Thàinig toraidhean aontaichte a-mach às na còmhraidhean seo ann an riochd “Amasan Àrd-ìre”, a tha a’ cruthachadh sreath de phrìomhachasan ro-innleachdail a dh’fheumar cur sa Phlana seo, agus a bhios a’ dèanamh ceangal le prìomhachasan a’ Phlana Nàiseanta.

<b>Prìomhachas Ro-innleachdail</b>	<b>Meudaich cleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle, gus Gàidhlig a dhèanamh nas àbhaistiche ann an seirbheisean na Comhairle.</b>
Toradh a thathar a’ moladh	Meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle
Cleachdadh an-dràsta	Bidh a’ Chomhairle mar-thà a’ lìbhrigeadh sreath farsaing de sheirbheisean sa Ghàidhlig a thaobh a’ chiad trì tionndaidhean den Phlana Cànain aice, agus Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle.
Uallach	Àrd-oifigear, Stiùirichean, Ceannard Ghoireasan Daonna (GD), Ceannardan Sheirbheisean, Sgioba na Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cuir suirbhìdh mun cuairt na Comhairle gu lèir mu chleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle. Bheir seo foir-shealladh seachad air comas na Comhairle gus seirbheisean a lìbhrigeadh sa Ghàidhlig. ’S urrainnear an uairsin beàrnan sam bith ann an solar sheirbheisean a chur ceart, agus faighinn a-mach dè an taic no na feumalachdan leasachaidh a tha a dhìth. <b>Ceann-latha: Samhain 2023</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan ath-sgrùdadh air slatan-tomhais Gàidhlig riatanach agus Gàidhlig na bhuannachd gus an urrainn dha luchd-obrach sgilean Gàidhlig ionnsachadh ann an dòigh structaraichte is le taic. Obraichidh Sgioba na Gàidhlig le GD air seo. <b>Ceann-latha: Dùbhlachd 2023</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Thoir air adhart, a thaobh chomasan cànain an luchd-obrach, dealasan na Comhairle ann a bhith a’ lìbhrigeadh sheirbheisean, agus dèan cinnteach gun tèid cleachdadh na Gàidhlig a dh’àbhaisteachadh cho mòr ’s as urrainn anns an sreath de sheirbheisean a tha a’ Chomhairle a’ tabhann. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Meudaich an àireamh de dhreuchdan far a bheil Gàidhlig na bhuannachd, agus far a bheil Gàidhlig riatanach ann am beatha a’ Phlana. <b>Ceann-latha: Meudachadh a h-uile bliadhna gu 2028</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gu bheilear a’ lìbhrigeadh foghlam bogaidh Gàidhlig ann an dòigh iomlanach (holistic) tro bhith a’ fastadh luchd-obrach le sgilean labhairt Gàidhlig ann an seirbheisean taice: slànachadh cainnt is cànain (speech and language therapy), seirbheisean oifigear-slàinte, seirbheisean eòlas-inntinn, spòrs agus slàinte, a.m.s.a.a. <b>Ceann-latha: Meudachadh a h-uile bliadhna gu 2028</b></li> </ul>

	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi buidhnean com-pàirteachais ag obair gus am bi am comas aca seirbheisean dà-chànanach a libhrigeadh do dh'ionadan foghlaim. <b>Ceann-latha: Sgrùdadh gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Nì Comataidh na Gàidhlig sgrùdadh air adhartas gach bliadhna. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>

<b>Prìomhachas Ro-innleachdail</b>	<b>Dèan cinnteach gu bheil Gàidhlig air a leabachadh anns gach leasachadh aig a' Chomhairle bho thùs.</b>
Toradh a thathar a' moladh	Gum bi Gàidhlig, far a ghabhas e a dhèanamh, air a leabachadh ann an leasachaidhean na Comhairle
Cleachdadh an-dràsta	Thathar ag àrdachadh Gàidhlig ann an sreath de leasachaidhean, pròiseactan agus iomairtean na Comhairle.
Uallach	Àrd-oifigear, Stiùirichean, Ceannardan Sheirbheisean, Sgioba na Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach nuair a thèid sgrùdadh a dhèanamh air leasachaidhean, pròiseactan no iomairtean na Comhairle, thèid beachdachadh air a' bhuidheachadh a dh'fhaodadh a bhith ann air Gàidhlig, agus air cothroman an cànan a dh'àrdachadh. Thèid seiminear Gàidhlig a chur air dòigh le Sgioba na Gàidhlig, a' gabhail a-steach Manaidsearan nan Roinnean gus amasan a' Phoileasaidh Gàidhlig mar Chiad Cànan a shoillearachadh, agus dleasan a stèidheachadh. <b>Ceann-latha: Faoilleach 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan sgrùdadh gu cunbhalach air aithisgean agus dealasan poileasaidh gus faicinn ciamar a b' urrainn dha Gàidhlig a bhith air a gabhail a-steach gu ro-ghnìomhach (proactively). <b>Ceann-latha: Fad beatha a' Phlana</b></li> </ul>

<b>Prìomhachas Ro-innleachdail</b>	<b>Lean oirnn le bhith a' beachdachadh air buannachdan sgoiltean Gàidhlig fa leth ann an co-rèir ri poileasaidh an Riaghaltais agus ris a' Phlana Cànan Nàiseanta</b>
Toradh a thathar a' moladh	Co-dhùnadh a thaobh an t-slighe air adhart as fheàrr airson sgoiltean sna h-Eileanan, an dèidh measadh air fianais neo-èisimealach mu dheagh chleachdadh ann am FtG agus mu bhuidheachadh na Beurla air an àrainneachd bogaidh ann an sgoiltean dà shrutha.
Cleachdadh an-dràsta	Tha aonadan Gàidhlig rim faighinn ann an 18 a-mach à 20 Bun-sgoiltean sna h-Eileanan, agus a bharrachd air Gàidhlig mar chuspair, thathar a' libhrigeadh suas ri 8 cuspairean tro mheadhan na Gàidhlig ann an cuid de dh'Àrd-sgoiltean. A thuilleadh air sin, bidh e-Sgoil a' tabhann chlasaichean a chuireas ri curraicealam ionnsachadh na Gàidhlig.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne

<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir ceisteachan gu pàrantan gus faighinn a-mach dè an ìre de thaic a tha ann dha: sgoiltean Gàidhlig fa leth; mar a thathar a' libhrigeadh foghlam Gàidhlig an-dràsta; no dòighean eile a dh'fhaodadh a bhith ann gus Gàidhlig a dh'àrdachadh agus a dhèanamh nas sheasmhaiche ann an sgoiltean san àm ri teachd.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Faoilleach 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Le sùil air toraidhean a' cheisteachain, dèan beachdachadh air, aig ìre Buidheann Obrach Buill is Oifigeir, na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann an lùib: sgoiltean Gàidhlig fa leth; mar a thathar a' libhrigeadh foghlam Gàidhlig an-dràsta; agus dòighean eile a dh'fhaodadh a bhith ann gus Gàidhlig a dh'àrdachadh agus a dhèanamh nas sheasmhaiche ann an sgoiltean san àm ri teachd.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Tràth ann an 2024</b></p>

<b>Priomhachas Ro-innleachdail</b>	<b>Cuir am meud an tairgse curraicealaim tron Ghàidhlig thairis air sgoiltean gu lèir aig ìre na h-Àrd-sgoile ann an co-rèir ri leasachaidhean nàiseanta ceangailte ri lèirmheas an OECD.</b>
Toradh a thathar a' moladh	Sreath nas fharsainghe de chlasaichean FtG.
Cleachdadh an-dràsta	A bharrachd air Gàidhlig mar chuspair, thathar a' libhrigeadh 8 clasaichean tro mheadhan na Gàidhlig ann an Àrd-sgoiltean: Gàidhlig (Fileantaich); Cruinn-eòlas; Eachdraidh; Nuadh-eòlas; Eòlas Creideimh agus Moraltachd; Ceòl; Ealain; agus Spàinntis. A bharrachd air sin, bidh e-Sgoil a' tabhann chlasaichean air-loidhne a chuireas ri curraicealam ionnsachadh na Gàidhlig. Feumar cuideam gu sònraichte a chur air libhrigeadh chùrsaichean FtG a tha a' toirt suim do dh'fheumalachdan an eaconomaidh ionadail, agus a bhios a' brosnachadh dhaoine òga a tha airson a bhith a' fuireach sna h-Eileanan Gàidhlig 'làitheil' <sup>4</sup> a chleachdadh ann an suidheachaidhean obrach agus sòisealta.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, Ceannardan Sgoiltean, Ceannardan-sgoile agus Ceannard e-Sgoil.
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir am meud an tairgse tron Ghàidhlig a rèir comas teagaisg. Cleachd libhrigeadh eadar-sgoile no didseatach e-Sgoil nuair a tha feum air seo, gus a chur ri comas libhrigidh, agus airson a dhèanamh cinnteach gu bheil solar teagaisg fhìor-eòlaiche cothromach ann.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Fad beatha a' Phlana</b></p>

<sup>4</sup> Tha "làitheil" an seo a' ciallachadh cànan còmhraidheil a bhios daoine a' bruidhinn gach latha gu nàdarra. Faic: Luo M., Robbins M.L., Martin M. and Demiray B. (2019) "Real-Life Language Use Across Different Interlocutors: A Naturalistic Observation Study of Adults Varying in Age", *Frontiers in Psychology* 10 (25 Ògmhios, 2019), td.1-15, agus; Illés E., Akcan S. (2017) "Bringing Real-life Language Use into EFL Classrooms", *ELT Journal*, Volume 71, Issue 1, (Faoillteach 2017), td.3-12.

	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil cuideam sa churraicealam air cùrsaichean agus prògraman a tha ceangailte nas dlùithe ri obraichean far a bheil Gàidhlig riatanach agus ris a' mhargaid obrach ionadail. Mar sin, obair le sgoiltean, fastaichean ionadail agus OGE gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse ann gum feumar cànan a cheangal ri cothroman obrach sa churraicealam.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Obair a' tòiseachadh ann an Samhain 2023</b></p>
--	--

<b>Priomhachas Ro-innleachdail</b>	<b>Cuir ri àbhaisteachadh na Gàidhlig taobh a-staigh phròiseactan agus iomairtean a th' air am maoineachadh leis a' Chomhairle no ris a bheil i a' cur taic.</b>
Toradh a thathar a' moladh	Meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann am pròiseactan agus iomairtean air am maoineachadh leis a' Chomhairle
Cleachdadh an-dràsta	Tha a' Chomhairle ag àrdachadh gu làidir cleachdadh na Gàidhlig ann am pròiseactan a tha i a' maoineachadh, agus tha maoin gu sònraichte ann airson pròiseactan coimhearsnachd a bhios a' leasachadh cleachdadh no ionnsachadh na Gàidhlig.
Uallach	Àrd-oifigear, Stiùirichean, Ceannardan Sheirbheisean, Sgioba na Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn le bhith a' maoineachadh phròiseactan coimhearsnachd a bhios dhà-rìribh a' cur ri cleachdadh, ionnsachadh no àrdachadh na Gàidhlig.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil àrdachadh na Gàidhlig mar phàirt de chùmhntan maoineachaidh buidhnean a bhios a' faighinn taic-airgid na Comhairle. Nì Sgioba na Gàidhlig sgrùdadh air mar a bhios na buidhnean seo a' cleachdadh no ag àrdachadh na Gàidhlig agus an taic-airgid a chur gu buidhnean eile nan àite ma dh'fheumar.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Sgrùdadh air seo fad beatha a' Phlana</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Obraich le cunnradairean (contractors) a bhios a' libhrigeadh sheirbheisean don Chomhairle, gus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh sna seirbheisean aca.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Fad beatha a' Phlana</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum beachdaich cunnradairean treas-phàrtaidh gu làidir air cleachdadh agus àrdachadh na Gàidhlig nuair a bhios a' Chomhairle a' tabhann obair.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Fad beatha a' Phlana</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Libhrig feabhas luach (best value) agus a' bhuil as fheàrr tro bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil amasan agus ro-innleachdan sa chumantas aig a' Chomhairle agus buidhnean eile, agus nach tèid obair a dhùblachadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>



### 3.1 AMASAN SHEIRBHEISEAN CORPORRA

#### INBHE

Toradh a thathar a' moladh	<b>Soidhnichean Dà-chànanach</b> Bidh soidhnichean ùra an-còmhnaidh ann an Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Cleachdadh an-dràsta	Tha soidhnichean dà-chànanach air, agus ann an, togalaichean gu lèir na Comhairle. Bithear gan cur suas mar phàirt de dh'obair ùrachaidh.
Uallach	Àrd-oifigear, Stiùirichean, Ceannardan Sheirbheisean, Sgioba na Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm oirnn le bhith a' cur an àirde soidhnichean ùra dà-chànanach, a' dèanamh cinnteach gu bheil an litreachadh ann an Gàidhlig agus ann am Beurla den aon mheud. Dèan sgrùdadh air na soidhnichean a tha ann mar-thà gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' coileanadh dleastanasan fon phoileasaidh mar bu chòir. <b>Ceann-latha: 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Meudaich an àireamh de shoidhnichean dà-chànanach a chleachdar airson ùinichean goirid, m.e. 'Coinneamh ga Chumail', a.m.s.a.a. <b>Ceann-latha: 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir soidhnichean ùra an àirde gu ro-ghnìomhach ma bhios maoin eachadh ann airson seo, agus deasaich plana le prìomhachasan gus seo a dhèanamh. <b>Ceann-latha: Ann am beatha a' Phlana</b></li> </ul>

#### FIOSRACHADH

Toradh a thathar a' moladh	<b>Fàilteachas agus Fòn</b> Far a bheil luchd-obrach as urrainn na seirbheisean seo a thoirt seachad ann an Gàidhlig don phoball, bu chòir dhuinn taic a chur riutha, agus an t-seirbheis a dh'àrdachadh don phoball. Mur a h-eil luchd-obrach gu leòr ann gus seo a dhèanamh, leasaichidh sinn comas an luchd-obrach tro thrèanadh agus fastadh.
Cleachdadh an-dràsta	Mar as trice, tha luchd-obrach ann an togalaichean na Comhairle ann as urrainn dèiligeadh le ceistean bhon phoball air a fòn, no aghaidh-ri-aghaidh.
Uallach	Stiùiriche So-mhaoin, Ionmhas agus Stòras, Ceannard GD, Sgioba na Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil clàr-ùine (roster) ann a bhios a' ciallachadh gum bi neach-labhairt na Gàidhlig an còmhnaidh ann an àitean-fàilteachaidh. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>

	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan ath-sgrùdadh air slatan-tomhais Gàidhlig riatanach agus Gàidhlig na bhuannachd gus an urrainn dha luchd-obrach a bhios a' dèiligeadh ris a' phoball sgilean Gàidhlig ionnsachadh ann an dòigh structaraichte is le taic. <b>Ceann-latha: Dùbhlachd 2023</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Bheir Sgioba na Gàidhlig seachad seiseanan mothachadh na Gàidhlig agus trèanadh do neach-obrach sam bith a dh'fheumas e gus fònaichean a dh'fhreagairt le beannachdan Gàidhlig, m.e. 'Madainn mhath'. <b>Ceann-latha: 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ùraich ar liosta de luchd-obrach bho gach Roinn a bhiodh deònach dèiligeadh ri ceistean Gàidhlig bhon phoball air a fòn. <b>Ceann-latha: Tràth ann an 2024</b></li> </ul>

Toradh a thathar a' moladh	<b>Conaltradh Sgrìobhte</b> Thathar an-còmhnaidh a' cur fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig leis a' Chomhairle, agus gheibhear freagairt sa Ghàidhlig a rèir a' phoileasaidh choitchinn.
Cleachdadh an-dràsta	'S e poileasaidh na Comhairle freagairt sa Ghàidhlig a sgrìobhadh do chonaltradh sgrìobhte sam bith sa Ghàidhlig leis a' Chomhairle.
Uallach	Àrd-oifigear, Stiùirichean, Ceannardan Sheirbheisean, Sgioba na Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich agus cuir timcheall stiùireadh air a' chleachdadh as fheàrr airson luchd-obrach, a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha e a bhith a' freagairt litrichean no puist-d sa Ghàidhlig ann an Gàidhlig. Cuidichidh Sgioba na Gàidhlig le seo. <b>Ceann-latha: 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gun tèid litir no post-d sa Ghàidhlig a dh'fhreagairt ann an Gàidhlig taobh a-staigh an aon àm 's a thèid freagairt a chur gu litir no post-d sa Bheurla. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Tòisich conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig le neach no buidheann a tha àithnichte airson Gàidhlig a chleachdadh. Cuidichidh Sgioba na Gàidhlig ma tha taic a dhìth. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich cleachdadh cunbhalach thairis air a' Chomhairle airson earr-sgrìobhaidhean post-d (e-mail signatures), fiosrachadh conaltraidh agus teachdaireachdan 'a-mach-à-oifis' dà-chànanach. <b>Ceann-latha: 2024</b></li> </ul>

Toradh a thathar a' moladh	<b>Fiosan Naidheachd agus na Meadhanan Sòisealta</b> Thèid fiosan naidheachd no conaltraidhean sna meadhanan sòisealta a tha cudromach a chur a-mach gu dà-chànanach, agus fiosan
----------------------------	--

	naidheachd no conaltraidhean sna meadhanan sòisealta mu chùisean Gàidhlig a-mach ann an Gàidhlig a-mhàin.
Cleachdadh an-dràsta	Bithear a’ cur a-mach a’ mhòr-chuid de dh’fhiosan naidheachd agus conaltraidhean sna meadhanan sòisealta a tha cudromach ann an cruth dà-chànanach, agus bithear a’ cur a-mach conaltraidhean sna meadhanan sòisealta mu chùisean Gàidhlig a-mach ann an Gàidhlig a-mhàin.
Uallach	Oifigear Conaltradh Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gun tèid a h-uile fios naidheachd agus conaltradh sna meadhanan sòisealta a tha cudromach a-mach ann an cruth dà-chànanach. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir Neach-taice Conaltradh Gàidhlig ann an dreuchd. <b>Ceann-latha: Foghar 2023</b></li> </ul>

Toradh a thathar a’ moladh	<b>Làrach-lìn</b> Thèid susbaint Gàidhlig air làrach-lìn na Comhairle a mheudachadh, le cuideam air duilleagan a bhios an luchd-cleachdaidh a’ leughadh as trice.
Cleachdadh an-dràsta	Tha tòrr susbaint air an làrach-lìn ri fhaighinn sa Ghàidhlig mar-thà, le putan Gàidhlig air an duilleag-dachaigh le ceangal gu duilleagan sa Ghàidhlig gu dà ìre de sheòladaireachd (two levels of navigation) co-dhiù.
Uallach	Ceannard T.F. agus Sgioba na Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Meudaich susbaint dà-chànanach air feadh an làrach-lìn, gu h-àraid a thaobh dhuilleagan a bhios an luchd-cleachdaidh a’ leughadh as trice. <b>Ceann-latha: Obair a’ tòiseachadh tràth ann an 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ùraich susbaint eadar-theangaichte air duilleagan an làrach-lìn le bhith a’ cur fios do Sgioba na Gàidhlig cho luath ‘s as urrainn. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>

## **LUCHD-OBACH AGUS BUILL**

Toradh a thathar a’ moladh	<b>Inntrigeadh</b> Eòlas air Plana Cànan Gàidhlig na Comhairle agus cothroman trèanaidh Gàidhlig a bhith air an leabachadh mar phàirt den phròiseas-inntrigidh airson luchd-obrach ùr.
Cleachdadh an-dràsta	Tha luchd-obrach ùr mothachail air cothroman ionnsachaidh Gàidhlig, agus thathar gam brosnachadh gus na cothroman sin a ghabhail.
Uallach	Ceannard GD agus Sgioba na Gàidhlig

<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich pasgain fiosrachaidh dha luchd-obrach ùr agus Buill mu chothroman ionnsachaidh Gàidhlig, na buannachdan cognatach do chloinn a tha an lùib FtG, agus Plana Cànan Gàidhlig na Comhairle.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Tràth ann an 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir seiseanan trèanadh mothachadh na Gàidhlig air dòigh dha luchd-obrach agus Buill ùra.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: A' tòiseachadh ann an 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Faighnich ceistean mu adhartas a thaobh a bhith ag ionnsachadh sgilean Gàidhlig mar phàirt de dh'agallamhan agus coinneamhan ath-sgrùdaidh bliadhnail.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Dùbhlachd 2023</b></p>

Toradh a thathar a' moladh	<b>Trèanadh Sgilean Gàidhlig</b> Trèanadh sgilean Gàidhlig air a libhrigeadh do luchd-obrach na Comhairle agus do Bhuill, gu h-àraid a thaobh a bhith a' coileanadh Plana Cànan Gàidhlig na Comhairle.
Cleachdadh an-dràsta	Tha sreath de chlasaichean Gàidhlig ann aig diofar ìrean do luchd-obrach na Comhairle agus Buill, bho luchd-tòiseachaidh gu fileantaich, a' gabhail a-steach: sreath de chlasaichean <i>SpeakGaelic</i> ; clasaichean <i>Ùlpan</i> ; clasaichean còmhraidh aig diofar ìrean; <i>Cothrom Cabadaich</i> , an cearcall còmhraidh air-loidhne; clasaichean gràmair <i>Gaelic for Fluent Speakers</i> ; clasaichean <i>Gaelic for Work Purposes</i> ; cùrsaichean agus modalan OGE Gàidhlig; agus clasaichean Gàidhlig Nàiseanta5 agus Àrd-ìre. Thathar gan libhrigeadh aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne le e-Sgoil agus Learning Shop na Comhairle, ann an co-bhann ri OGE A Tuath, An Iar is Innse Gall.
Uallach	Àrd-oifigear, Stiùirichean, Ceannardan Sheirbheisean, le e-Sgoil agus Learning Shop na Comhairle ann an co-bhann ri OGE A Tuath, An Iar is Innse Gall
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lean oirnn le bhith a' leasachadh agus a' sanasachd gu cunbhalach sreath de chlasaichean ionnsachadh na Gàidhlig eadar-dhealaichte, freagarrach do dh'fheumalachdan gach pearsa, bho luchd-tòiseachaidh chun fheadhainn a tha airson an sgilean a leasachadh, agus air an libhrigeadh aghaidh-ri-aghaidh no air-loidhne aig diofar amannan tron latha.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir dòighean ionnsachaidh a tha a' sìor fhàs nas sùbailte agus nas cruthachaile air dòigh a thaobh a bhith a' cuideachadh ionnsachadh an luchd-obrach, agus dèan sgrùdadh gu cunbhalach air cia mheud duine a bhios a' frithealadh nan clasaichean seo.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: A' tòiseachadh ann an Samhain 2023</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir clasaichean ùra, barantaichte "Turas" agus "Tog", a tha an asgaidh, agus a bhios ag amas air neartachadh fileantachd</li> </ul>

	<p>agus misneachd sa Ghàidhlig an luchd-obrach Foghlaim air dòigh, gus an urrainn dhaibh teagasg ann am FtG.</p> <p><b>Ceann-latha: Bho Shultain 2023</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Brosnaich gu làidir Ceannardan Sheirbheisean agus Manaidsearan gu bhith a' leigeil le luchd-obrach clasaichean ionnsachadh na Gàidhlig a dhèanamh, a thaobh Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach (CPD). Tha dreuchd riatanach aig prìomh oifigearan gus seo a thoirt gu buil. Mar sin, thèid seiminear Gàidhlig a chur air dòigh le Sgioba na Gàidhlig, a' gabhail a-steach Manaidsearan nan Roinnean gus amasan a' Phoileasaidh Gàidhlig mar Chiad Chànan a shoillearachadh, agus dleastanasan a stèidheachadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Tràth ann an 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Co-obrach, ma dh'fheumar, le buidhnean poblach eile, gus buidhnean seasmhach (sustainable cohorts) de luchd-ionnsachaidh a chruthachadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cùm sùil air an àireamh den luchd-obrach a tha a' frithealadh chlasaichean Gàidhlig thairis air a' Chomhairle, agus an àireamh nach eil a' leantainn orra leis na clasaichean, gus solar chlasaichean a leasachadh agus duilgheadasan sam bith le seo a chur ceart. Deasaich geàrr-chunntas de na prìomh amasan a dh'fheumar gus ionnsachadh cànan an luchd-obrach a leasachadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: A' tòiseachadh ann an 2023</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gu bheil cothroman gu leòr aig luchd-obrach agus Buill am beachdan a thoirt seachad air na clasaichean, gus an urrainnear na clasaichean as fheàrr a leasachadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gu bheil maoinachadh ann gus nach bi aig luchd-obrach agus Buill a phàigheadh airson nan clasaichean.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Fad beatha a' Phlana</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cuir seiseanan trànaidh meadhanan Gàidhlig air dòigh dha Buill.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Leasaich duilleag le taic Gàidhlig dhan luchd-obrach, a' gabhail a-steach faidhleachan-fuaim le abairtean agus briathrachas Gàidhlig a chleachdar san àite-obrach, agus cuir seo air Duilleagan Luchd-obrach air an eadra-lìon.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: 2025</b></p>

Toradh a thathar a' moladh	<p><b>Cleachdadh na Gàidhlig</b></p> <p>Tha luchd-obrach na Comhairle agus Buill le sgilean Gàidhlig air am brosnachadh ann a bhith a' cleachdadh Gàidhlig nas trice.</p>
Cleachdadh an-dràsta	<p>Tha toraidhean sgrùdaidhean air sgilean Gàidhlig a' sealltainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig am measg Buill agus luchd-obrach na</p>

	Comhairle aig ìre àrd ann an suidheachaidhean foirmeil is neo-foirmeil.
Uallach	Àrd-oifigear, Stiùirichean, Ceannardan Sheirbheisean, agus Sgioba na Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Brosnaich Ceannardan Sheirbheisean le sgilean Gàidhlig gus deagh eisimpleir a shealltainn dhan luchd-obrach le bhith a' cleachdadh Gàidhlig nuair as urrainn dhaibh. Mar sin, thèid seiminear Gàidhlig a chur air dòigh le Sgioba na Gàidhlig, a' gabhail a-steach Manaidsearan nan Roinnean gus amasan a' Phoileasaidh Gàidhlig mar Chiad Chànan a shoillearachadh, agus dleastanasan a stèidheachadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Faoilleach 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Brosnaich Cathraichean Chomataidhean aig a bheil sgilean Gàidhlig gus deagh eisimpleir a shealltainn le bhith a' cleachdadh Gàidhlig, agus aig toiseach choinneamhan, cuir ann an cuimhne an fheadhainn a tha an làthair gum faod iad Gàidhlig a chleachdadh mar chòir.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich agus cuairtich stiùireadh dhan luchd-obrach air deagh chleachdadh a thaobh a bhith a' cleachdadh Gàidhlig, a thaobh Poileasaidh Gàidhlig, Ro-innleachd Chorpóra, agus Plana Cànain na Comhairle, agus cuidich ann a bhith a' cruthachadh feallsanachd Gàidhlig nas làidire sa Chomhairle.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir ceisteachan chun luchd-obrach gu lèir gus faighinn a-mach cuin agus càit a bhios iad a' cleachdadh Gàidhlig as trice is as lugha, agus faigh a-mach a bheil adhbharan ann a tha a' cur bacadh air cleachdadh na Gàidhlig.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Samhain 2023</b></p>

Toradh a thathar a' moladh	<b>Mothachadh na Gàidhlig</b> Thèid seiseanan mothachadh na Gàidhlig a libhrigeadh do luchd-obrach na Comhairle agus do Bhuill, le prìomhachas do phrìomh-oifigearan agus don luchd-obrach a bhios a' dèiligeadh gu dìreach leis a' phoball.
Cleachdadh an-dràsta	Tha tuigse aig an luchd-obrach agus Buill gu bheil Gàidhlig cudromach ann an obair na Comhairle agus sna coimhearsnachdan. Thathar a' cumail fiosrachadh ris an luchd-obrach is Buill mu chothroman ionnsachadh na Gàidhlig agus mu leasachaidhean na Gàidhlig.
Uallach	Àrd-oifigear, Sgioba na Gàidhlig agus Oifigear Conaltradh Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir seiseanan mothachadh na Gàidhlig air dòigh do luchd-obrach agus do Bhuill a tha air ùr-tòiseachadh, agus airson prìomh-oifigearan agus an luchd-obrach a bhios a' dèiligeadh gu dìreach leis a' phoball.</li> </ul>

	<b>Ceann-latha: 2024</b>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir barrachd fiosrachaidh a-mach chun luchd-obrach agus gu Buill mu naidheachdan agus leasachaidhean ann an saoghal na Gàidhlig, agus mu chothroman ionnsachaidh. Bidh an Neach-taice Conaltradh Gàidhlig a' stiùireadh seo.</li> </ul> <b>Ceann-latha: Foghar 2023</b>

Toradh a thathar a' moladh	<b>Fastadh</b> Thathar ag aithneachadh Gàidhlig mar sgit riatanach agus/no na buannachd ann am barrachd thuairisgeulan obrach gus comas na Comhairle ann a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean Gàidhlig a dhèanamh nas èifeachdaiche. Nì seo soilleir gu bheil dealas dha-rìribh aig a' Chomhairle gus feachd-obrach dà-chànanach fhadstadh.
Cleachdadh an-dràsta	Tha sreath de dhreuchdan ann far a bheil Gàidhlig riatanach agus na bhuannachd sa Chomhairle.
Uallach	Ceannard GD agus Sgioba na Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dh'ith</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leudaich an àireamh de dhreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach agus na bhuannachd sa Chomhairle, gu h-àraid far a bheil gainnead de sholar Gàidhlig ann, mar obair cùram cloinne agus seirbheisean fheumalachdan taic a bharrachd (FTB).</li> </ul> <b>Ceann-latha: Meudachadh gach bliadhna gu 2028</b>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Feumaidh tagraichean airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach an comas sa Ghàidhlig a shealltainn<sup>5</sup> a dh'fheumar airson nan dreuchdan seo. Thèid measadh a dhèanamh air na comasan seo ann an agallamhan, agus gheibh tagraichean soirbheachail taic gus na sgilean aca a leasachadh ma dh'fheumas iad. Cuidichidh Sgioba na Gàidhlig le seo.</li> </ul> <b>Ceann-latha: Fad beatha a' Phlana</b>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Beachdaich air a bhith ag iarraidh air luchd-obrach a tha air ùr-tòiseachadh sgilean Gàidhlig a dh'ionnsachadh no a leasachadh mar phàirt de CPD, gus taic a chur ri libhrigeadh Poileasaidh Gàidhlig mar Chiad Chànan na Comhairle.</li> </ul> <b>Ceann-latha: 2024</b>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir a-mach sanasan airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach ann an Gàidhlig a-mhàin, agus dreuchdan far a bheil Gàidhlig na bhuannachd ann an cruth dà-chànanach. Gheibhear taic eadar-theangachaidh bho Sgioba na Gàidhlig.</li> </ul> <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b>

<sup>5</sup> Thèid ìrean de chomas an Common European Framework of Reference for Languages (CEFR) a chleachdadh gus measadh a dhèanamh air comas Gàidhlig nan tagraichean.

## 3.2 DACHAIGH, 0-3 AGUS TRÀTH-BHLIADHNAICHEAN

### CLÀRADH AGUS A' CUR TAIC RI PÀRANTAN

Toradh a thathar a' moladh	Meudaich an àireamh de chloinn a thèid an clàradh ann an sgoiltean-àraich FtG gu 70% ro dheireadh a' Phlana seo (0-3 agus Tràth-bhliadhnaichean)
Cleachdadh an-dràsta	Thathar ag obair gu cruaidh gus clàraidhean FtG a mheudachadh às dèidh pandemic Covid-19
Uallach	Stiùiriche Roinn an Fhoghlaim, Sgìlean agus Sheirbheisean Cloinne, Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean, Manaidsear Foghlaim Gàidhlig, Co-òrdanaiche Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lean oirnn le bhith a' coileanadh is a' cur am follais buannachdan a tha an lùib poileasaidh Gàidhlig mar Chiad Chànan airson clàraidhean sgoiltean-àraich gu P2, far an tèid clann a chlàradh ann am FtG mar bhun-roghainn, mura h-eil pàrantan gu sònraichte an aghaidh seo. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Obraich gu dlùth le pàrantan, agus an fheadhainn a tha an dùil a bhith nam pàrantan, gus buannachdan dà-chànanais agus FtG a dh'àrdachadh. <b>Ceann-latha: Barrachd conaltraidh bho 2023 air adhart</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Obraich le buidhnean eile mar an SNS (NHS) gus FtG a bhrosnachadh do phàrantan agus an fheadhainn a tha an dùil a bhith nam pàrantan. <b>Ceann-latha: Barrachd conaltraidh bho 2023 air adhart</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir taic làidir ri ath-stèidheachadh bhuidhnean Pàrant is Pàiste air feadh nan Eilean. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ìbhriag cùram cloinne agus foghlam ro-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig ann an gach sgìre-sgoile. Dèilig sa bhad le duilgheadas sam bith a nochdas. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan sgrùdadh air adhartas cloinne, gus dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh ri duilgheadasan sam bith a nochdas cho luath 's as urrainn. Cuir coinneamhan air dòigh le pàrantan agus luchd-cùraim gus bruidhinn mu adhartas cloinne. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach, tro dhealbhadh airson luchd-obrach ri leantainn agus prògram leasachaidh luchd-obrach, gum bi luchd-obrach gu leòr ann gus an targaid de 70% a choileanadh. <b>Ceann-latha: 2028</b></li> </ul>



Toradh a thathar a' moladh	<b>Barrachd conaltraidh le pàrantan agus an fheadhainn a tha an dùil a bhith nam pàrantan mu bhuannachdan dà-chànanais (0-3 agus Tràth-bhliadhnaichean)</b>
Cleachdadh an-dràsta	Tha Manaidsear Foghlaim Gàidhlig agus Co-òrdanaiche Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig air tòrr obair a dhèanamh ann a bhith a' conaltradh le pàrantan agus an fheadhainn a tha an dùil a bhith nam pàrantan mu bhuannachdan FtG.
Uallach	Manaidsear Foghlaim Gàidhlig, Co-òrdanaiche Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig, Aonad Ioma-mheadhan
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan sgrùdadh air stuthan a tha rim faighinn an-dràsta a tha ag àrdachadh dà-chànanais is FtG. <b>Ceann-latha: 2025</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil stuthan FtG rim faighinn fad is farsaing, agus gu bheil luchd-obrach, leithid oifigearan-slàinte, mnathan-glùine is luchd-obrach Tràth-bhliadhnaichean, gan àrdachadh gu cunbhalach. <b>Ceann-latha: 2023 air adhart</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Obraich gu dlùth le pàrantan, luchd-cùraim agus an fheadhainn a tha an dùil a bhith nam pàrantan, gus buannachdan dà-chànanais a dh'àrdachadh, m.e. lean oirnn le bhith ag ath-stèidheachadh bhuidhnean Pàrant is Pàiste air feadh nan Eilean. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir seiseanan oideachadh-lìn (webinars) agus goireasan eile air dòigh a bhios a' brosnachadh bhuannachdan FtG dha pàrantan. <b>Ceann-latha: Fad beatha a' Phlana</b></li> </ul>

Toradh a thathar a' moladh	<b>Solarachadh de bharrachd chothroman ionnsachadh na Gàidhlig do phàrantan còmhla ris an cuid cloinne (0-3 agus Tràth-bhliadhnaichean)</b>
Cleachdadh an-dràsta	Tha measgachadh de chothroman ionnsachaidh Gàidhlig ann do phàrantan, luchd-cùraim agus do chloinn.
Uallach	Manaidsear Foghlaim Gàidhlig, Co-òrdanaiche Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig, Aonad Ioma-mheadhan
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil measgachadh de chothroman ionnsachaidh Gàidhlig ann airson pàrantan agus luchd-cùraim a tha a' beachdachadh air FtG airson an cuid cloinne aig an ìre as tràithe, gus taic a chur ri ionnsachadh na cloinne. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cruthaich plana faicsinneach de shlighean ionnsachaidh dha pàrantan agus luchd-cùraim. <b>Ceann-latha: Tràth ann an 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan sgrùdadh air stuthan ionnsachaidh a tha rim faighinn an-dràsta, agus faigh a-mach a bheil beàrnann sam bith ann an solar chothroman ionnsachaidh.</li> </ul>

	<p><b>Ceann-latha: 2025</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir air dòigh sreath de thachartasan a tha a’ toirt cothrom do chloinn agus do phàranatan Gàidhlig a chleachdadh còmhla ri chèile ann an suidheachadh taiceil, m.e. seiseanan Bookbug Gàidhlig, <i>Leugh &amp; Seinn le Linda</i>, seiseanan <i>Dug’s Discovery Den</i>, <i>Tachartasan Teaghlaich</i>, agus seiseanan <i>Thig a Chluich</i>. Cuir tachartasan air dòigh rè shaor-laithean na sgoile. <p><b>Ceann-latha: Leasaich barrachd thachartasan ann am beatha a’ Phlana</b></p> </li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lean oirnn le bhith a’ cur air dòigh agus a’ leasachadh sheiseanan Ionnsachadh Teaghlaich Gàidhlig air-loidhne, a tha a’ gabhail a-steach leughadh teaghlaich, seiseanan taic le obair-dachaigh, cothroman còmhraidh a bharrachd, agus leasan gu sònraichte do phàranatan agus luchd-cùraim gus am misneachd sa Ghàidhlig a leasachadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lean oirnn le bhith a’ leasachadh ghoireasan airson ionnsachadh na Gàidhlig, m.e. an obair a thathar a’ dèanamh an-dràsta gus app a leasachadh do chloinn 0-3 agus am pàranatan/luchd-cùraim, a bhios a’ gabhail a-steach seiseanan Bookbug, òrain le Fèisean nan Gàidheal, agus susbaint bhideo gu sònraichte a’ gabhail a-steach briathrachas a thathar a’ cleachdadh ann am foghlam Tràth-bhliadhnaichean.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Leasaich barrachd ghoireasan ann am beatha a’ Phlana</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile pàrant no neach-cùraim de phàiste ann am FtG air prògram luchd-ionnsachaidh Gàidhlig agus lìon-taic coimhearsnachd-ionnsachaidh, agus adhartach làrach-lìn <i>Gaelic4parents</i>, a bhios a’ toirt seachad goireasan agus taic do phàrantan.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich co-obrachadh èifeachdach le oifigearan Comunn nam Pàrant, agus dèan cinnteach, ann an co-bhann ri oifigearan Comunn na Gàidhlig, gu bheil a’ cur taic ri cleachdadh na Gàidhlig san dòigh as èifeachdaiche sa choimhearsnachd.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>

## CURRAICEALAM

Toradh a thathar a’ moladh	<p><b>Libhrigeadh de churraicealam Gàidhlig gu buileach, agus a bhith a’ cur ris an sreath de chuspairean a tha ri fhaighinn gus taic a chur ri sgoilearan agus am pàranatan ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig. (0-3 agus Tràth-bhliadhnaichean)</b></p>
----------------------------	--

Cleachdadh an-dràsta	'S ann tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin a tha an curraicealam, agus thathar a' leasachadh chothroman ionnsachaidh eile gu cunbhalach. Nì an "Ro-innleachd airson Foghlam Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar" cinnteach gum bi an stiùireadh, taic is cleachdadh as fheàrr iomchaidh aig an luchd-obrach gus dèanamh cinnteach gum bi teagasg agus cothromas aig an ìre as àirde ann an lìbhrigeadh FtG bho 0-18 sna h-Eileanan Siar.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, Manaidsear Foghlaim Gàidhlig, e-Sgoil
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi lìbhrigeadh curraicealam nan Tràth-bhliadhnaichean tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin, a thaobh comhairle ann an stiùireadh Curraicealam airson Sàr-mhaitheis. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Thoir an "Ro-innleachd airson Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar" gu buil agus dèan measaidhean air adhartas. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Feumar Trath-ionnsachadh agus cùram cloinne Gàidhlig a lìbhrigeadh le luchd-cleachdaidh aig a bheil teisteanasan iomchaidh sa Gàidhlig, agus as urrainn bogadh sa Ghàidhlig gu lèir a lìbhrigeadh do chloinn tro chluich, òrain, sgeulachdan, thachartasan agus gheamannan. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ma bhios clann ann am foghlam tro mheadhan na Beurla (FtB) agus clann FtG san aon àrainn-sgoile, (a thaobh solar 1,140 uair de thrath-ionnsachadh agus cùram cloinne saor 's an-asgaidh fon sgeama Riaghaltas na h-Alba), dèan cinnteach nach bi seo a' toirt droch bhuaidh air mar a thathar a' lìbhrigeadh bogadh sa Ghàidhlig do chloinn FtG. Thèid seo a dhèanamh le bhith a' bruidhinn ri luchd-obrach foghlaim agus a' cur tòrr cuideim air cho cudromach 's a tha e gu bheil bogadh dhà-rìribh sa Ghàidhlig ann aig ìre nan Tràth-bhliadhnaichean. <b>Ceann-latha: Fad beatha a' Phlana</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Obraich le buidhnean eile gus dèanamh cinnteach gu bheil sreath de roghainnean FtG ann dha pàranatan agus an clann aig an ìre as tràithe. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Gluais air falbh bho bhith a' cleachdadh ghoireasan eadar-theangaichte nach eil a' gabhail a-steach an cleachdadh as fheàrr a thaobh cànanachas, agus leasaich goireasan gu sònraichte airson Gàidhlig na àite. <b>Ceann-latha: 2024 air adhart</b></li> </ul>

Toradh a thathar a' moladh	<b>A' cur cuideam as ùire ann an curraicealam Tràth-bhliadhnaichean (Eòlas &amp; Toraidhean) air sgilean Gàidhlig èisteachd agus labhairt nan sgoilearan (Tràth-bhliadhnaichean)</b>
Cleachdadh an-dràsta	Air sgàth pandemic Covid-19 agus a' ghlasadh-sìos, bha aig a' Chomhairle Curraicealam Ath-bheothachadh na Gàidhlig a leasachadh, ag aithneachadh gun do thug Covid-19 droch bhuaidh air ionnsachadh na Gàidhlig am measg sgoilearan, (gu h-àraid a thaobh sgilean èisteachd agus labhairt).
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, Ceannardan Sgoiltean, Manaidsear Foghlaim Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich comhairle agus stiùireadh stèidhichte air eisimpleirean de dheagh chleachdadh agus rannsachadh eadar-nàiseanta. <b>Ceann-latha: 2024</b></li> <li>Leasaich stuth àrdachaidh a bhios a' mìneachadh an adhbhair airson an dòigh obrachaidh seo, agus a bhios a' sealltainn nam buannachdan a tha na lùib dha luchd-teagaisg, luchd-cùraim agus pàrantan. <b>Ceann-latha: 2024</b></li> <li>Tabhainn sreath de ghoireasan foghlaim a tha freagarrach airson foghlam Tràth-bhliadhnaichean sa chlas agus taobh a-muigh na sgoile, a tha a' toirt cothrom dha clann Gàidhlig a chleachdadh, m.e. <i>Leugh agus Seinn le Linda</i>. <b>Ceann-latha: Meudaich goireasan ann am beatha a' Phlana</b></li> <li>Cuir cothroman CLPL air dòigh dha luchd-teagaisg. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>

## LUCHD-OBACH AGUS TRÈANADH

Toradh a thathar a' moladh	<b>Meudaich an àireamh de luchd-obrach as urrainn foghlam 0-3 agus Tràth-bhliadhnaichean a lìbhrigeadh (0-3 agus Tràth-bhliadhnaichean)</b>
Cleachdadh an-dràsta	Bidh a' Chomhairle a' lìbhrigeadh sheirbheisean 0-3 agus Tràth-bhliadhnaichean aig ìre shàr-mhath, ach feumar barrachd luchd-obrach le sgilean Gàidhlig.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, Ceannard GD, Manaidsear Sheirbheisean So-fhastachd
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan ath-sgrùdadh air a' phròiseas fastaidh gus prìomhachas a thoirt do Ghàidhlig agus an àireamh mhòr de chloinn ann am FtG agus am feumalachdan. B' urrainnear dreuchdan bàna ainmeachadh mar dhreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach no na bhuannachd an uairsin. <b>Ceann-latha: Obair a' tòiseachadh ann an 2024</b></li> <li>Cuir coinneamh air dòigh le buidhnean eile gus ro-innleachd a chur air chois airson fastadh FtG, ceangailte gu dlùth ri bunnachdan foghlamach, sòisealta agus eaconomach.</li> </ul>

	<p><b>Ceann-latha: Gearran 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ainmich cothroman obrach far a bhiodh sgilean cànan Gàidhlig na bhuannachd.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Obair a’ tòiseachadh ann an 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Brosnaich gu làidir, a thaobh CLPL, luchd-obrach Tràth-bhliadhnaichean ann a bhith a’ dèanamh chlasaichean agus trèanadh ionnsachadh na Gàidhlig. Feumaidh cothrom a bhith aig luchd-obrach faochaidh (relief staff) trèanadh Gàidhlig a dhèanamh. Adhartaich clasaichean “Turas” agus “Tog” airson luchd-obrach Foghlaim.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Bho Shultain 2023 air adhart</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Thoir seachad slighean adhartais fastaidh airson dreuchdan Tràth-bhliadhnaichean, agus meudaich cothroman gus prìomh-oifigearan fhadhadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Àrdaich cùrsa SVQ 3 Seirbheisean Sòisealta (Clann agus Daoine Òga) (ìre SCQF 7) tro mheadhan na Gàidhlig, (a tha freagarrach dhan fheadhainn a tha ann an obair agus a tha airson teisteanas foirmeil fhaighinn), agus am Preantasachd Bun-ìre ann an Seirbheisean Sòisealta (Clann agus Daoine Òga) (cùrsa ìre SCQF 6) tro mheadhan na Gàidhlig, gus cuideachadh le fastadh do dhreuchdan 0-3 agus Thràth-bhliadhnaichean. Meudaich an àireamh de sgoilearan a tha a’ dèanamh Phreantasachdan Bun-ìre.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Fad beatha a’ Phlana</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Fastaich Preantasan Neach-cleachdaidh Togail Cànan Gàidhlig, gus cuideachadh luchd-teagaisg ann a bhith a’ cur ri ionnsachadh na Gàidhlig am measg clann FtG. Bidh seo mar phàirt den obair airson cùrsa SVQ 3 Seirbheisean Sòisealta (Clann agus Daoine Òga).</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: 2023 air adhart</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lean oirnn le bhith a’ dèanamh cinnteach gum feum Preantasan na Comhairle, a’ gabhail a-steach Preantasan cùram cloinne, prògram ionnsachadh na Gàidhlig a dhèanamh mar chùmhnannt dhen chùmhnannt obrach aca. Nì seo cinnteach gun tèid barrachd luchd-obrach ann an cùram cloinne fhadhadh le Gàidhlig mar sgit riatanach.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Brosnaich sgoilearan FtG aig an ìre as Àirde (Senior Phase), fon phrògram Leasachadh an Fheachd-obrach Òg (DYW), ann a bhith a’ cuideachadh luchd-obrach 0-3 agus Tràth-bhliadhnaichean, ’s cothrom a thoirt dhaibh aig an aon àm air slighe adhartais ann am fastadh Gàidhlig.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: 2023 air adhart</b></p>

## FEUMALACHDAN TAIC A BHARRACHD (FTB)

Toradh a thathar a' moladh	<b>Cur ri solar FTB tro mheadhan na Gàidhlig tro bhith a' cleachdadh teicneòlas (Tràth-bhliadhnaichean)</b>
Cleachdadh an-dràsta	'S urrainnear tòrr a dhèanamh gus seirbheisean taice FTB a leasachadh.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, Manaidsear Foghlaim Gàidhlig, Co-òrdanaiche Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Obraich còmhla ri Ùghdarrasan Ionadail eile gus comas an luchd-obrach FTB a tha ri fhaighinn a mheasadh. <b>Ceann-latha: 2026</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Thoir seachad trèanadh do luchd-obrach ann a bhith a' libhrigeadh agus a' comasachadh solar FTB. <b>Ceann-latha: 2024 air adhart</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cuir ri cothroman CLPL dhan luchd-obrach tro bhith a' comasachadh libhrigeadh teagasg speisealta. <b>Ceann-latha: 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Libhrig seiseanan do chloinn le feumalachdan taic a bharrachd mar phàirt de dh'ionnsachadh Teaghlaich. <b>Ceann-latha: 2024</b></li> </ul>

### 3.3 FOGHLAM: BUN-SGOIL, ÀRD-SGOIL AGUS FOGHLAM ÀS DÈIDH NA SGOILE

#### CLÀRADH AGUS A' CUR TAIC RI PÀRANTAN

Toradh a thathar a' moladh	<b>Meudaich an àireamh de chloinn a tha clàraichte ann an sgoiltean FtG aig P1 gu 70% ro dheireadh a' Phlana seo (Bun-sgoil)</b>
Cleachdadh an-dràsta	Le bhith a' libhrigeadh Poileasaidh Gàidhlig mar Chiad Chànan o chionn beagan bhliadhnaichean, tha mòr-chuid sheasmhach de chlàraidhean aig P1 a-nis air feadh nan Eilean ann am FtG.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, Ceannardan Sgoile, Manaidsear Foghlaim Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• San eadar-ghluasad (transition) bho sgoil-àraich FtG gu P1 FtG, leanaidh sinn oirnn le bhith ag obair gu dlùth le pàrantan agus luchd-cùraim gus buannachdan dà-chànanaid agus FtG a dh'àrdachadh. Thèid cuideachadh le seo le bhith a' buileachadh na "Ro-innleachd airson Foghlam Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar". <b>Ceann-latha: Barrachd obrach air seo bho 2023 air adhart</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Obraichidh ceannardan sgoiltean le pàrantan gus toirt orra an cuid cloinne a chlàradh ann am FtG, san eadar-ghluasad bho sgoil-àraich FtG gu P1 FtG. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Lean oirnn le bhith a' sgrùdadh adhartas cloinne, gus dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh ri duilgheadasan cho</li> </ul>

	<p>luath 's as urrainn. Cùm coinneamhan le pàrantan is luchd-cùraim gus bruidhinn mu adhartas.</p> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cùm sùil air an àireamh de chloinn ann am bun-sgoiltean FtG a tha a' fàgail, agus cùm coinneamhan gu luath le pàrantan agus luchd-cùraim gus bruidhinn mu na h-adhbharan airson seo. Dèan rannsachadh bliadhnail air na h-adhbharan a th' aig cuid de phàrantan airson 's gum bi iad a' clàradh an clann ann am FtB an àite FtG.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach, tro dhealbhadh airson luchd-obrach ri leantainn agus prògram leasachaidh luchd-obrach, gum bi luchd-obrach gu leòr ann gus an targaid de 70% a choileanadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: 2028</b></p>

Toradh a thathar a' moladh	<b>Cuir ris an sreath de chothroman ionnsachadh cànan a tha ri fhaighinn a bheireas taic do phàrantan de chloinn ann am FtG (Bun-sgoil agus Àrd-sgoil)</b>
Cleachdadh an-dràsta	Tha sreath de chothroman ionnsachadh na Gàidhlig ann dha pàrantan agus luchd-cùraim, agus airson ionnsachadh teaghlach.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, Àrd-oifigearan Foghlaim, e-Sgoil
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan sgrùdadh air goireasan ionnsachaidh agus teagaisg a tha rim faighinn an-dràsta, agus faic a bheil beàrnann ann an solar nan goireasan.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: 2025</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi slighean adhartais ann dha luchd-ionnsachaidh inbheach a tha leantainneach, rianail, agus a bhios a' gabhail a-steach teisteanasan ma tha sin iomchaidh. Cruthaich plana faicsinneach de shlighean ionnsachaidh dha pàrantan agus luchd-cùraim.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Tràth ann an 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir ri chèile prògraman agus goireasan paidhleit subailteach ann an co-bhann ri buidhnean-fòcais pàrant m.e. clasaichean aghaidh-ri-aghaidh, clasaichean air-loidhne, clasaichean oidhche.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Bho 2023 air adhart</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Obair le buidhnean eile gus dèanamh cinnteach gu bheil measgachadh de chothroman ionnsachaidh ri fhaighinn dha pàrantan agus luchd-cùraim aig an ìre as tràithe, a chuireas taic ri ionnsachadh an clann. Bhiodh seo a' gabhail a-steach: sreath de chlasaichean <i>SpeakGaelic</i>; clasaichean <i>Ùlpan</i>; clasaichean còmhraidh aig diofar ìrean; <i>Cothrom Cabadaich</i>, an cearcall còmhraidh air-loidhne; clasaichean gràmair <i>Gaelic for Fluent Speakers</i>; clasaichean <i>Gaelic for Work Purposes</i>;</li> </ul>

	<p>cùrsaichean agus modalan Gàidhlig OGE; agus clasaichean Gàidhlig Nàiseanta<sup>5</sup> agus Àrd-ìre.</p> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi cothrom aig a h-uile pàrant de chloinn ann am FtG air prògram luchd-ionnsachaidh Gàidhlig agus lìon-taic ionnsachadh coimhearsnachd.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Co-obrach, ma dh'fheumar, le buidhnean poblach eile, gus buidhnean seasmhach de luchd-ionnsachaidh a chruthachadh, no airson a chur ris mar a tha iad ag ionnsachadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Fad beatha a' Phlana</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lean oirnn le bhith a' cur air dòigh agus a' leasachadh sheiseanan Ionnsachadh Teaghlaich Gàidhlig, a' gabhail a-steach leughadh teaghlaich, seiseanan taic le obair-dachaigh, cothroman còmhraidh a bharrachd, agus leasan gu sònraichte do phàranatan agus luchd-cùraim gus am misneachd sa Ghàidhlig a leasachadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Adhartaich goireasan mar an làrach-lìn, <i>Gaelic4parents</i>, a bhios a' toirt seachad taic practaigeach airson pàrantan, m.e. le obair dachaidh Gàidhlig.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>

Toradh a thathar a' moladh	<b>Barrachd taice agus misneachaidh airson sgoilearan nach eil ann am FtG (Bun-sgoil agus Àrd-sgoil)</b>
Cleachdadh an-dràsta	Bidh a' Chomhairle a' toirt seachad taic làidir airson ionnsachadh Gàidhlig far a bheil clann ann am FtB, a thaobh Iomairt Ionnsachadh Cànan 1+2.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, Àrd-oifigearan Foghlaim, Ceannardan Sgoiltean
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Amas air an àireamh de sgoilearan a tha ag ionnsachadh Gàidhlig a thaobh Iomairt Ionnsachadh Cànan 1+2 a mheudachadh, le bhith a' cur taic ri ìrean eadar-ghluasaid, gu h-àraid bho bhun-sgoil gu àrd-sgoil.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Meudachadh gach bliadhna gu 2028</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir barrachd taic ri sgoiltean FtB far an urrainnear Gàidhlig a dh'ionnsachadh mar chànan L2 no L3, mar phàirt de dh'Iomairt Ionnsachadh Cànan 1+2.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Bho 2023 air adhart</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Thoir seachad deagh chothroman do sgoilearan nach eil ann am FtG pàirt a ghabhail ann an tachartasan a tha ceangailte ri Gàidhlig, no ri curraicealam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Far a ghabhas e a dhèanamh, bu chòir dha luchd-obrach le sgilean Gàidhlig làidir a bhith a' lìbrigeadh teagasg ann an clasaichean Foghlaim Luchd-ionnsachadh na Gàidhlig (FLG).</li> </ul>



	<p><b>Ceann-latha: Sgrùdadh air seo gach bliadhna</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Lean oirnn le bhith a’ tabhann chùrsaichean Gàidhlig (Fileantaich) agus Gaelic (Luchd-ionnsachaidh) ann an S1 agus S2, agus brosnach sgoilearan ann a bhith a’ leantainn orra le clasaichean Gàidhlig mar phàirt de na còirichean cànan aca. <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p> </li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir pròiseact paidhleit air dòigh gus ionad bogaidh Gàidhlig a stèidheachadh airson sgoilearan le beagan, no gun, sgilean Gàidhlig, a bhios air an clàradh ann am bun-sgoil FtG an dèidh dhaibh sgoil eile gun solar FtG fhàgail.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: 2026</b></p>

## CURRAICEALAM

Toradh a thathar a’ moladh	Sgrùdadh a dhèanamh air curraicealam FtG agus air solar ghoireasan (Bun-sgoil agus Àrd-sgoil)
Cleachdadh an-dràsta	Tha obair a’ leantainn air seo. Nì an “Ro-innleachd airson Foghlam Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar” cinnteach gum bi an stiùireadh, taic is cleachdadh as fheàrr iomchaidh aig an luchd-obrach gus dèanamh cinnteach gum bi teagasg agus cothromas aig an ìre as àirde ann an lìbhrigeadh FtG bho 0-18 sna h-Eileanan Siar.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, Ceannardan Sgoiltean, e-Sgoil, Sgioba na Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan sgrùdadh air an sreath de chuspairean FtG a thathar a’ tabhann, gus cuspairean nas practaigiche no nas dreuchdaile (vocational) a ghabhail a-steach cuideachd. Thathar an dòchas gun cuir sin stad air a’ chrìonadh san àireamh de sgoilearan a bhios a’ leantainn orra le foghlam Gàidhlig às dèidh S2, m.e. leasachadh cùrsa èiceo-thurasachd (eco-tourism) FtG airson sgoilearan FFC.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Le sùil air toraidhean suirbhìdh air beachdan dhaoine 16-25<sup>6</sup> air Gàidhlig, cuiridh Sgioba na Gàidhlig co-chomhairleachadh air dòigh le sgoilearan aig an ìre as Àirde sna ceithir sgoiltean gus am beachdan air a’ churraicealam a chluinntinn ann am barrachd doimhneachd.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: A’ tòiseachadh ann an Dàmhair 2023</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Gluais air falbh bho a bhith a’ cleachdadh ghoireasan eadar-theangaichte nach eil a’ gabhail a-steach an cleachdadh as</li> </ul>

<sup>6</sup> Bho Ghiblean gu Ògmhios 2023, chuir Sgioba na Gàidhlig suirbhìdh air dòigh air beachdan dhaoine 16-25 sna h-Eileanan air Gàidhlig, a sheall gum moladh 76.9% dhiubh FtG do dhaoine eile, ach cha robh ach 40.4% den bheachd gun robh na cuspairean FtG aig an ìre as Àirde iomchaidh a thaobh nan rudan anns an robh ùidh aca agus nan dreuchdan a bhiodh iad a’ lorg. Chaidh an t-suirbhìdh a chur air bhog air 13 Giblean 2023, agus dh’fhaodar a lìonadh a-steach sa Ghàidhlig no ann am Beurla. Bha 33 ceistean ann, le measgachadh de cheistean iomadh-roghainn (multiple choice) agus fosgailte, a thug deagh chothrom dha freagarraichean (respondents) am beachdan air Gàidhlig a thoirt seachad. Chrìochnaich 322 duine an t-suirbhìdh mus do dhùin i air 30 Ògmhios 2023, (237 daoine ann am Beurla, agus 85 sa Ghàidhlig), agus fhuair e sreath farsaing de dhàta uimhireil (quantitative) agus càileachdail (qualitative) sna freagairtean. ‘S e 20.8 aois chuibheasach (average age) nam freagarraichean, agus bha 49.5% nam “fileantaich”.

	fheàrr a thaobh cànanachas, agus leasaich goireasan gu sònraichte airson Gàidhlig na àite. <b>Ceann-latha: 2024 air adhart</b>
--	---

Toradh a thathar a' moladh	<b>Cuir ris a' churraicealam le measgachadh de chothroman FtG taobh a-staigh is taobh a-muigh na sgoile gus bogadh sa Ghàidhlig a neartachadh (Bun-sgoil agus Àrd-sgoil)</b>
Cleachdadh an-dràsta	Thathar ag obair gus a chur ris a' churraicealam, agus tha seo air a bhith mar phàirt cudromach de dh'ath-shlànachadh libhrigeadh foghlaim às dèidh pandemic Covid-19.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, Ceannardan Sgoiltean, e-Sgoil
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan sgrùdadh gus beàrnann ann an libhrigeadh teagasg FtG a lorg, agus co-obrach le com-pàirtichean gus aontachadh air an dòigh as fheàrr seo a chur ceart. Dèan sgrùdadh air buaidh nan dòighean-teagaisg ùra a chaidh a chleachdadh. <b>Ceann-latha: 2025</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Àrdaich cothroman a tha ann airson co-obrachadh eadar sgoiltean agus ionnsachadh fo stiùir sgoilearan (pupil-led learning). <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir prògraman de thachartasan farpaiseach air dòigh, a' gabhail a-steach, m.e. farpaisean <i>Deasbad Beag</i> agus <i>Dileab an t-Siorraidh</i> airson sgoilearan P4-7, prògraman iomlaid cultarail (cultural exchange), sgoiltean samhraidh, ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh, a.m.s.a.a. <b>Ceann-latha: Leasaich barrachd thachartasan ann am beatha a' Phlana</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich prògraman TF ùr-ghnàthach de thachartasan, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad seasmhach is cosg-èifeachdach, m.e. a' cur farpais <i>Deasbad Beag</i> air-loidhne. <b>Ceann-latha: Leasaich barrachd thachartasan ann am beatha a' Phlana</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich prògraman de theagasg a chuireas ris a' churraicealam, le cuideam air sgilean labhairt Gàidhlig nan sgoilearan, m.e. seiseanan <i>Misneachd</i> airson sgoilearan P1-S6, a chaidh a leasachadh le e-Sgoil air sgàth an droch bhuaidh a bh' aig Covid-19 air sgilean agus misneachd nan sgoilearan ann a bhith a' bruidhinn sa Ghàidhlig. <b>Ceann-latha: Leasaich barrachd thachartasan ann am beatha a' Phlana</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi an àireamh as àirde de sgoilearan àrd-sgoil a' gabhail pàirt ann an cultar agus ealain na Gàidhlig, m.e. farpaisean nàiseanta mar <i>Deasbad Nàiseanta nan Àrd-sgoiltean</i> agus <i>FilmG</i>. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>

	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ann an co-bhann ri Comunn na Gàidhlig (CnaG), cuir luchd-obrach Gàidhlig an dreuchd bho luchd-obrach Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd, gus sreath de thachartasan Gàidhlig taobh a-muigh a' churraicealaim sa choimhearsnachd do dh' òigridh a chur air dòigh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lean oirnn le bhith a' leasachadh a' churraicealaim Ghàidhlig do sgoilearan Bun-sgoil is Àrd-sgoil tro e-Sgoil gus a chur ri comas libhrigidh, agus airson a dhèanamh cinnteach gu bheil solar teagaisg fhìor-eòlaiche cothromach ann, às bith far a bheil sgoilearan.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Leasaich seo gu 2028</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lean oirnn le bhith a' leasachadh chom-pàirteachasan le buidhnean foghlaim, ionadan ealain is buidhnean iomairt sòisealta eile, mar OGE A Tuath, An Iar is Innse Gall, An Lanntair, Ceòlas, Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus CnaG, le cuideam air leasachadh sgilean Gàidhlig sgoilearan, an dà chuid sa chlas fhèin agus sa choimhearsnachd.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Leasaich obair com-pàirteachaidh fad beatha a' Phlana</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir taic ri iomairtean a bhios a' gabhail a-steach spòrs tro mheadhan na Gàidhlig, mar an fharpais ball-coise Gàidhlig <i>Cuach na Cloinne</i> airson sgoilearan air feadh nan Eilean.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>

Toradh a thathar a' moladh	<b>Comasachadh co-ionannachd ann a bhith a' faighinn cothrom air teisteanasan SQA (Sgoilearan aig an ìre as Àirde an Àrd-sgoil)</b>
Cleachdadh an-dràsta	Gaelic (Luchd-ionnsachaidh), Gàidhlig (Fileantaich), agus tha Cruinn-eòlas, Eachdraidh, Nuadh-eòlas, Eòlas Creideimh agus Moraltachd, Ceòl, Ealain, agus Spàinntis rim faighinn mar chuspairean FtG.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, e-Sgoil
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Obraich le SQA gus a chur ris an sreath de chuspairean FtG a tha ri fhaighinn le teisteanas SQA.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan sgrùdadh air puingeann tariff SQA/puingean UCAS gus dèanamh cinnteach gu bheil inbhe theisteanasan FtG SQA aig an ìre cheart.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir ro-innleachdan air dòigh a bhios a' cruthachadh na h-àireimh as motha de chothroman a leigeas le sgoiltean obrachadh còmhla, le sùil air a bhith a' toirt chothroman dha sgoilearan teisteanasan Gàidhlig fhaighinn ann an dòigh sheasmhach agus chosg-èifeachdach.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Fad beatha a' Phlana</b></p>

## DEASACHADH SGOILEARAN AIRSON AN T-SAOGHAL OBRACH

Toradh a thathar a' moladh	<b>Àrdachadh a dhèanamh air teisteanasan ionnsachadh gnìomhaichte (applied learning) Gàidhlig agus cuideam a chur air feumalachd ghreisean gnìomhachais Gàidhlig (Sgoilearan aig an Ìre as Àirde an Àrd-sgoil)</b>
Cleachdadh an-dràsta	Bidh a' Chomhairle a' toirt seachad sreath de thaic airson sgoilearan gus an deasachadh airson an t-saoghal obrach às dèidh na sgoile.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, Ceannardan Sgoiltean, e-Sgoil
<b>Gnìomhan a dhith</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich an sreath de, agus cothrom air, theisteanasan ionnsachadh gnìomhaichte gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cleachdadh Gàidhlig ann an suidheachaidhean practaigeach. <b>Ceann-latha: Sgrùdadh ann an 2024</b></li> <li>Dèan sgrùdadh air greisean gnìomhachais FtG, agus thoir seachad stiùireadh airson fastaichean agus sgoilearan. Faigh a-mach a bheil beàrnan ann, agus ciamar a chuirear sin ceart. <b>Ceann-latha: 2025</b></li> <li>Àrdaich Gàidhlig tro sheiseanan DYW, a tha eadar-ghnìomhach (interactive) agus co-cheangailte ri obair, gus sgoilearan a dheasachadh airson an t-saoghal obrach. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> <li>Ìbhriag Preantasachdan Bun-ìre sa Ghàidhlig, m.e. anns na Meadhanan Cruthachail &amp; Didseatach agus ann an Seirbheisean Sòisealta &amp; Cùram-slàinte. Leudaich solar Phreantasachdan nuair a bhios cothroman ann. Meudaich an àireamh de dhaoine a tha a' dèanamh Phreantasachdan Bun-ìre. <b>Ceann-latha: Fad beatha a' Phlana</b></li> <li>Cleachd ro-innleachdan obrach òigridh Riaghaltas na h-Alba, mar <i>Insight</i> agus Aontaidhean Dèanadais 16+ (16+ Activity Agreements) gus cuideachadh ann a bhith a' deasachadh dhaoine òga airson an t-saoghal obrach Gàidhlig. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>

## FEALLSANACHD GHÀIDHLIG (GAELIC ETHOS)

Toradh a thathar a' moladh	<b>Feallsanachd Ghàidhlig nas làidire ann an sgoiltean, a' ciallachadh gum bi barrachd cleachdadh na Gàidhlig ann, agus barrachd taice do dh'ionnsachadh na Gàidhlig am measg sgoilearan (Bun-sgoil agus Àrd-sgoil)</b>
Cleachdadh an-dràsta	Bidh Prìomh-luchd-teagaisg Gàidhlig (Gaelic PTs) ag obair còmhla gus cleachdadh agus mothachadh na Gàidhlig a dh'àrdachadh, a' cur ris a' churraicealam Gàidhlig agus a' leasachadh thachartasan taobh a-muigh na sgoile.
Uallach	Prìomh-luchd-teagaisg Gàidhlig, Ceannardan Sgoile

<p><b>Gnìomhan a dhìth</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Brosnaich luchd-teagaisg agus taice aig a bheil sgilean Gàidhlig gus an cleachdadh le sgoilearan nuair as urrainnear, a’ gabhail a-steach suidheachaidhean taobh a-muigh na sgoile. Thèid deagh eisimpleir a shealltainn leis a’ Phrìomh-luchd-teagaisg. Thèid stiùireadh air seo a chuirteachadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cumaidh Prìomh-luchd-teagaisg Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean orra le bhith ag obair còmhla gus Gàidhlig a dh’àrdachadh ann an sgoiltean agus tachartasan Gàidhlig taobh a-muigh na sgoile a leasachadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gu bheil sgilean Gàidhlig aig luchd-obrach fàilteachaidh ann an sgoiltean, agus gun cleachd iad Gàidhlig nuair as urrainnear. Thèid trèanadh Gàidhlig a chur air dòigh. Dèan ath-sgrùdadh air slatan-tomhais Gàidhlig riatanach agus Gàidhlig na bhuannachd gus an urrainn dha luchd-obrach a bhios a’ dèiligeadh ris a’ phoball sgilean Gàidhlig ionnsachadh ann an dòigh structaraichte is le taic.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Dùbhlachd 2023</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gum bi Gàidhlig mar phàirt cudromach de thachartasan a tha a’ gabhail a-steach sgoilearan gu lèir (whole-school activities) ann am bun-sgoiltean is ann an àrd-sgoiltean. Mar sin, nì cinnteach gum bi an àireamh as motha de sgoilearan a’ gabhail pàirt ann an tachartasan ciùil agus dràma Gàidhlig.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Brosnaich agus dèan comasach teagasg foghlam corporra (P.E.) tro mheadhan na Gàidhlig ann am bun-sgoiltean nuair as urrainnear.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Sgrùdadh air spòrs tro mheadhan na Gàidhlig ann an 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Brosnaich ro-innleachdan mar sgeama suaicheantas na Gàidhlig (Gaelic badge scheme) airson sgoilearan S6, gus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh am measg sgoilearan aig an ìre as Àirde, agus eadar na sgoilearan sin agus sgoilearan FFC.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Brosnaichidh luchd-teagaisg clann aig a bheil sgilean Gàidhlig, ach a tha ann am FtB, gus na sgilean seo a chleachdadh a dh’aindeoin sin.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach, nuair a bhios clann FtG agus clann FtB san aon bhun-sgoil, gum bi cothrom aig a h-uile sgoilear sgilean Gàidhlig ionnsachadh a dh’aindeoin sin, mar phàirt de FLG agus dhen lomairt 1+2 airson ionnsachadh cànan.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>

## LUCHD-OBACH AGUS TRÈANADH

Toradh a thathar a' moladh	Cur ri taic airson luchd-teagaisg FtG (Bun-sgoil agus Àrd-sgoil)
Cleachdadh an-dràsta	Thathar a' cur taic ri, agus a' brosnachadh, luchd-teagaisg gus an tèid an ath-thrèanadh mar luchd-teagaisg FtG.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, Ceannardan Sgoiltean, e-Sgoil
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li data-bbox="584 501 1436 819">• Brosnaich agus cuir taic ri luchd-teagaisg FtB aig a bheil sgilean Gàidhlig gus an tèid an ath-thrèanadh mar luchd-teagaisg FtG<sup>7</sup>. Cuir clasaichean ùra, barantaichte “Turas” agus “Tog”, a tha an asgaidh, agus a bhios ag amas air neartachadh fileantachd agus misneachd sa Ghàidhlig an luchd-obrach Foghlaim air dòigh, gus an urrainn dhaibh teagasg ann am FtG. <b>Ceann-latha: Bho Shultain 2023 air adhart</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li data-bbox="584 819 1436 1016">• Cuir coinneamh air dòigh le buidhnean eile gus beachdachadh air ro-innleachd airson fastadh FtG a chur air chois, ceangailte gu dlùth ri buannachdan foghlamach, sòisealta agus eaconomach. <b>Ceann-latha: Gearran 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li data-bbox="584 1016 1436 1256">• Obraich le buidhnean Trèanadh Luchd-teagaisg gus dòighean a leasachadh a bheireas taic leantainneach ri luchd-teagaisg FtG tron trèanadh aca, m.e. mar a tha e-Sgoil a' stiùireadh oileanaich PGDE Sabhal Mòr Ostaig gus teisteanas airson dàrna cuspair fhaighinn. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li data-bbox="584 1256 1436 1413">• Dèan cinnteach gun tèid luchd-teagaisg a bha mar phàirt de phrògram taice a chur an dreuchd ann an dòigh a leigeas leotha an sgilean cànan a leasachadh. <b>Ceann-latha: Sgrùdadh gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li data-bbox="584 1413 1436 1532">• Thoir seachad cothroman CLPL agus lìonra do luchd-teagaisg FtG nuair a bhios iad le teisteanas. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li data-bbox="584 1532 1436 1872">• Obraich le buidhnean eile gus sreath de chothroman ionnsachadh na Gàidhlig a sholarachadh do luchd-teagaisg, a' gabhail a-steach: sreath de chlasaichean <i>SpeakGaelic</i>; clasaichean <i>Ùlpan</i>; clasaichean còmhraidh aig diofar ìrean; <i>Cothrom Cabadaich</i>, an cearcall còmhraidh air-loidhne; clasaichean gràmair <i>Gaelic for Fluent Speakers</i>; clasaichean <i>Gaelic for Work Purposes</i>; cùrsaichean agus modalan Gàidhlig OGE; agus clasaichean Gàidhlig Nàiseanta<sup>5</sup> agus Àrd-ìre. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>

<sup>7</sup> Tha Gàidhlig a-nis gu bhith ga maoinachadh mar phàirt de Sgeama Bhursaraidh Teagaisg an Rìghaltais a-nis. Faic [www.teachingbursaryinScotland.co.uk](http://www.teachingbursaryinScotland.co.uk)

	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi slighean adhartais ann dha luchd-teagaisg gus an trèanadh mar luchd-teagaisg FtG, a tha leantainneach, subailteach, rianail, agus a bhios a' gabhail a-steach teisteanasan ma tha sin iomchaidh. Cruthaich plana faicsinneach de shlighean ionnsachaidh dha luchd-obrach foghlaim. <b>Ceann-latha: 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Adhartaich prògram <i>Go! Gaelic</i>, a bhios a' toirt seachad trèanadh, taic agus goireasan do luchd-teagaisg gus an urrainn dhan fheadhainn le sgilean Gàidhlig teagasg Gàidhlig a lìbhrigeadh mar chànain L2 no L3, bho Thràth-bhliadhnaichean chun Dàrna Ìre ann am bun-sgoiltean. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>

Toradh a thathar a' moladh	<b>Tha plana fad-ùineach ann gus barrachd luchd-teagaisg fhastadh ann an sreath de dhreuchdan (Bun-sgoil agus Àrd-sgoil)</b>
Cleachdadh an-dràsta	Thathar ag obair air seo gus a choileanadh.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, Prìomh-luchd-teagaisg Gàidhlig
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan ath-sgrùdadh air a' phròiseas fastaidh gus prìomhachas a thoirt do Ghàidhlig agus an àireamh mhòr de chloinn ann am FtG agus am feumalachdan. B' urrainnear dreuchdan bàna ainmeachadh mar dhreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach no na bhuannachd an uairsin. <b>Ceann-latha: Obair a' tòiseachadh ann an 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ainmich cothroman obrach far a bhiodh sgilean cànan Gàidhlig na bhuannachd. <b>Ceann-latha: Obair a' tòiseachadh ann an 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lean oirnn le bhith a' cur cuideam air na buannachdan a tha an lùib a bhith a' fastadh luchd-obrach as urrainn teagasg ann an suidheachaidhean dà-chànanach. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan sgrùdadh air an sreath de chuspairean FtG a thathar a' tabhann, gus cuspairean nas practaigiche no nas dreuchdaile a ghabhail a-steach cuideachd, agus dèan cinnteach, tro dhealbhadh airson luchd-obrach ri leantainn agus prògram leasachaidh luchd-obrach, gum bi luchd-obrach gu leòr ann gus FtG a lìbhrigeadh thairis air gach ìre. <b>Ceann-latha: 2025</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Stèidhich slighean adhartais airson trèanadh luchd-teagaisg FtG ann an sreath nas fharsainge de dhreuchdan, m.e. ann an eòlas-inntinn foghlaim (educational psychology) agus slànachadh cainnt is cànan, agus luchd-taice seòmair-teagaisg, a.m.s.a.a. Cruthaich plana faicsinneach de shlighean ionnsachaidh. <b>Ceann-latha: 2024</b></li> </ul>

## FEUMALACHDAN TAIC A BHARRACHD (FTB)

Toradh a thathar a' moladh	<b>Cur ri solar FTB tro mheadhan na Gàidhlig (Bun-sgoil agus Àrd-sgoil)</b>
Cleachdadh an-dràsta	Thathar a' feumachadh barrachd solar FTB FtG.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, Prìomh-luchd-teagaisg Gàidhlig, e-Sgoil
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Fastaich barrachd luchd-obrach FtG ann an dreuchdan ceangailte ri eòlas-inntinn foghlaim agus slànachadh cainnt is cànan, gus taic a chur ri, m.e. sgoilearan le doille-fhaclan (dyslexia). <b>Ceann-latha: Meudachadh gu 2028</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ann am pròiseas sgrùdaidh sam bith, thèid beachdachadh air leasachaidhean FTB a dh'fheumar. <b>Ceann-latha: 2025</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Co-obrach le Ùghdarrasan Ionadail eile gus luchd-obrach le comas teagaisg FTB a lorg. <b>Ceann-latha: 2026</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir trèanadh air dòigh do luchd-obrach gus an urrainnear solar FTB a libhrigeadh nas fheàrr. <b>Ceann-latha: 2024 air adhart</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir ri cothroman Gàidhlig CLPL dhan luchd-obrach tro bhith a' comasachadh libhrigeadh teagasg speisealta. <b>Ceann-latha: 2024</b></li> </ul>

## FOGHLAM ÀS DÈIDH NA SGOILE

Toradh a thathar a' moladh	<b>Solar chlasaichean Gàidhlig a rèir fheumalachdan do dh'inbich aig ìrean eadar-dhealaichte</b>
Cleachdadh an-dràsta	Tha sreath de chothroman ionnsachaidh ann do luchd-ionnsachaidh inbheach.
Uallach	Àrd-oifigear Foghlaim agus Sheirbheisean Cloinne, e-Sgoil
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan sgrùdadh air stuthan ionnsachaidh agus teagaisg gus faighinn a-mach a bheil beàrnan ann an solar teagaisg. <b>Ceann-latha: 2025</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Obraich le buidhnean eile gus dèanamh cinnteach gu bheil measgachadh de dhòighean ionnsachadh na Gàidhlig ann airson inbich, a' gabhail a-steach clasaichean <i>SpeakGaelic</i>, clasaichean còmhraidh, clasaichean <i>Gaelic for Fluent Speakers</i>, cùrsaichean SQA, agus modalan OGE, a.m.s.a.a., agus gu bheil measgachadh de chlasaichean aghaidh-ri-aghaidh, air-loidhne no oidhche ri fhaighinn, gus an t-sùbailteachd as motha a thoirt do luchd-ionnsachaidh. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>



	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum bi slighean adhartais ann dha luchd-ionnsachaidh inbheach a tha leantainneach, sùbailteach, rianail, agus a bhios a’ gabhail a-steach teisteanasan ma tha sin iomchaidh. Cruthaich plana faicsinneach de shlighean ionnsachaidh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Co-obrach, ma dh’fheumar, le buidhnean poblach eile, gus buidhnean seasmhach de luchd-ionnsachaidh a chruthachadh, no airson a chur ris mar a tha iad ag ionnsachadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Fad beatha a’ Phlana</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lean oirnn le bhith ag iarraidh air Nuadh Phreantasan, daoine òga aois 16+ a tha dol tro thrèanadh obrach sa Chomhairle, clasaichean Gàidhlig a dh’fhrithéaladh mar phàirt den chùmhnannt obrach aca.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Thoir seachad treanadh FtG do Nuadh Pheantasan ann an sreath de dhreuchdan, a’ gabhail a-steach cùram cloinne, turasachd, cùram sòisealta, agus mar luchd-taice cànan.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Meudachadh gu 2028. Sgrùdadh gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lean oirnn le bhith a’ ruith agus a’ leasachadh Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach airson oileanaich oilthighe agus colaiste sna h-Eileanan.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna, le sgrùdadh air an Sgeama ann an Samhain 2023</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich an ìre aig a bheil sgilean cànan Gàidhlig luchd-obrach na Comhairle agus Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd gu lèir, agus an ìre aig a bheil sgilean Gàidhlig am measg phàrantan de chloinn ann am FtG, tro bhith a’ leantainn oirnn le bhith a’ solarachadh chlasaichean Gàidhlig saor an asgaidh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>

### 3.4 COIMHEARSNACHDAN

Tha leasachadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan nan Eilean Siar ceangailte gu dlùth ri agus a’ fighe a-steach do leasachaidhean eile, mar leasachadh chothroman eaconomach, solar taigheadais air prìs reusanta, agus comas-ceangail (connectivity) didseatach, mar eisimpleir, agus bidh iad seo a’ cur taic ri agus a’ togail choimhearsnachdan seasmhach far an urrainn dha luchd-labhairt na Gàidhlig a dh’fhuireach agus a shoirbheachadh. Mar a bhios

**Ro-innleachd Chorporra na Comhairle 2022-2027** ag ràdh:

*Resilient communities and quality of life are measured by themes such as the Gaelic language and culture, our population and demographics, the natural environment, our crafting communities, housing quality and availability, transport and connectivity, the*

*economy and jobs, community safety, health and wellbeing and support networks. These are all interconnected and do not stand alone as a measure of success.*

*The Comhairle's Gaelic Language Plan strengthens the Comhairle's educational, community and economic contribution.*

Gu dearbh, tha leasachadh eaconomach agus leasachadh na Gàidhlig eismeil air a chèile. 'S e an adhbhar airson sin, gun deach a dhearbhadh gur e so-mhaoin eaconomach agus gnìomhachais a th' anns a' Ghàidhlig<sup>8</sup>, agus bidh leasachadh eaconomach, ri linn sin, a' cur taic ri coimhearsnachdan sna h-Eileanan far an urrainn dha luchd-labhairt na Gàidhlig a bhith a' fuireach agus ag obair. Air sgàth sin, tha iomadh ro-innleachd co-cheangailte ann a tha a' cur taic ri agus a' togail choimhearsnachdan, a' dèanamh cinnteach gu bheil leasachadh a' gabhail àite ann an dòigh iomlanach.

Tha Ro-innleachd Chorpóra na Comhairle 2022-2027 am measg nan ro-innleachdan seo, a bhios a' mìneachadh mar a bhios a' Chomhairle a' cur taic ro-innleachdail ri coimhearsnachdan nan Eilean gach teirm gus an urrainn dhaibh soirbheachadh. Tha e a' gabhail a-steach na prìomhachasan agus toraidhean ro-innleachdail mar a leanas:

#### **Neartaich an Eaconomaidh Ionadail**

Toraidhean: bidh pròiseactan a tha fo sgeith an Islands Deal air an lìbhrigeadh; bidh airgead-tasgaidh didseatach a' lìbhrigeadh thoraidhean airson coimhearsnachdan; thèid airgead-tasgaidh a lìbhrigeadh airson ar togalaichean agus bun-structar; bidh ìre nas àirde de sgilean aig daoine sna coimhearsnachdan agus san luchd-obrach againn; agus bidh fàs ann an gnìomhachasan beaga agus meadhanach (SMEan) follaiseach.

#### **Cuir taic ri Coimhearsnachdan Seasmhach tro bhith a' cur maitheas na beatha am feabhas**

Toraidhean: bithear a' toirt taic do, agus ag àrdachadh, dualchas nàdarraich, cànan Gàidhlig agus cultar nan coimhearsnachdan; bithear a' lìbhrigeadh a' chùraim agus na taice a dh'fheumas daoine gus an urrainn dhaibh a bhith fallain agus neo-eisimeileach; bidh dealbhadh agus bun-structar a' freagairt air feumalachdan nan coimhearsnachdan; bidh ar coimhearsnachdan sàbhailte, ion-ghabhalach, agus seasmhach; agus bithear a' lùghdachadh neo-ionannachd agus bochdainn, agus ag àrdachadh gluasadachd sòisealta.

A thuilleadh air sin, tha Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd nan Innse Gall (CDCIG) a' gabhail a-steach buidhnean poblach sna h-Eileanan, a' Chomhairle nam measg, a bhios ag obair còmhla ri coimhearsnachdan gus seirbheisean nas fheàrr a lìbhrigeadh dhaibh. Bidh an CDCIG ag obair le coimhearsnachdan gus am **Plana Leasachaidh Thoraidhean Ionadail (PLTI) 2017-2027** a chur an gnìomh, (a chaidh a chur an àite Còrdadh Singilte Bhuilean 2013-2023 a bha ann bho thùs), agus bidh buileachadh Ro-innleachd Chorpóra na Comhairle a' cur taic ri seo. Gus toraidhean nas fheàrr a lìbhrigeadh do na coimhearsnachdan, feumar aois chuibheasach nan coimhearsnachdan a lùghdachadh. Air sgàth sin, 's e prìomh amas a' PhLTI cothroman obrach làn-ùine le deagh phàigheadh airson luchd-obrach nas òige, le leasachadh

---

<sup>8</sup> Ar Stòras Gàidhlig – *The Economic and Social Value of Gaelic as an Asset*, (Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Cèitean 2014).

sgilean na lùib, a libhrigeadh, a tha riatanach gus taic sheasmhach a chur ri coimhearsnachdan Gàidhlig. Thathar a’ feumachadh barrachd taigheadais thapaidh (“smart” housing) air prìs reusanta sna h-Eileanan cuideachd, a chuireas taic ri àrdachadh sluaigh, agus tha cothroman ann cuid de roinnean a leasachadh tro bhith a’ cleachdadh sho-mhaoinean a tha ann mar-thà nas fheàrr. Tha seo a’ gabhail a-steach: Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig; seilbheadaireachd coimhearsnachd; lùth ath-nuadhachail (renewables); agus turasachd. ’S e prìomh amas eile, cothroman àrdachadh dreuchd a chomasachadh gun a bhith aig daoine ris na h-Eileanan fhàgail, ris a chuireas fàs ann an solar chothroman foghlaim leantainniche agus àrd-ìre taic.

Tha ro-innleachdan eile sna h-Eileanan a bhios a’ fighe a-steach don Phlana Cànain Gàidhlig seo:

Tha **Ro-innleachd Turasachd Innse Gall 2030** a’ toirt cunntas air an ro-innleachd a dh’fheumar gus fàs ann an turasachd agus san eaconomaidh luchd-tadhail sna h-Eileanan a libhrigeadh, le buidhean-stiùiridh a tha a’ gabhail a-steach Turasachd Innse Gall, Iomairt na Gàidhealtachd ’s nan Eilean, Comhairle nan Eilean Siar agus VisitScotland. Thathar ag aithneachadh gu bheil àrdachadh cultar agus cànan na Gàidhlig ann an tachartasan turasachd tarraingeach do luchd-tadhail, mar eisimpleir ann am *Fèis Cheilteach Innse Gall* agus *Fèis Eilean Dorcha*, agus ann an sgoiltean samhraidh Ceòlas. Thathar cuideachd ag àrdachadh chothroman ionnsachaidh Gàidhlig don luchd-tadail aig na tachartasan seo, agus tha leasachadh sgilean Gàidhlig an luchd-obrach mar phàirt cudromach de libhrigeadh phrògraman nam buidhnean seo.

A bharrachd air sin, chaidh **Plana Nàiseanta nan Eilean** Riaghaltas na h-Alba, air a sgrìobhadh a thaobh Achd nan Eilean (Alba) 2018, a leasachadh gus freagairt air feumalachdan sònraichte nan Eilean. Tha e ag amas air suidheachadh a chruthachadh sna h-Eileanan far an urrainn dha fàs seasmhach, leantainneach ann an coimhearsnachdan tachairt, agus tha e ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig a’ cur gu mòr ri leasachadh eaconomach, seasmhach sna h-Eileanan. Tha e a’ gabhail a-steach na h-Amasan Ro-innleachdail a leanas: dèan cinnteach gu bheil cothroman ann gus fàs na Gàidhlig a thoirt air adhart agus gu bheil meudachadh san àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig, agus gu bheilear a’ toirt sùim don luchd-labhairt nuair a thathar a’ toirt air adhart leasachaidhean eaconomach; dèan cinnteach sa chiad dol a-mach gu bheilear a’ beachdachadh air buaidh sam bith a dh’fhaodadh a bhith ann air leasachadh na Gàidhlig nuair a thathar a’ leasachadh phoileasaidhean no iomairtean sònraichte airson nan Eilean, agus gu bheil iad a’ ceangal a-steach do phlanaichean cànain Gàidhlig; agus obraich le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean coimhearsnachd gus cleachdadh agus faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig.

Mu dheireadh thall, tha an **Islands Growth Deal** a’ libhrigeadh airgead-tasgaidh mar phàirt de phlana deich-bliadhna Riaghaltas na Rìoghachd Aontaichte agus Riaghaltas na h-Alba gus fàs eaconomach a bhrosnachadh agus obraichean seasmhach a chruthachadh, le prògram aontaichte a bhrosnaicheas leasachadh ann an trì prìomh roinnean: a’ tòiseachadh air obair gus nas lugha de charbon a chleachdadh airson an àm ri teachd; a’ cur taic ri fàs ghnìomhachasan agus fàs ghnìomhachasan san àm ri teachd; agus a’ cur taic ri coimhearsnachdan fàs-mhor de luchd-labhairt na Gàidhlig.

Mar sin, tha na planaichean agus ro-innleachdan gu h-àrd gu lèir a’ cur taic ri, a’ fighe a-steach do, agus a’ comasachadh buileachadh a’ Phlana Cànain Gàidhlig seo.

## BUN-STRUCTAR AGUS LEASACHADH

Toradh a thathar a’ moladh	<b>Barrachd taice airson cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan, co-cheangailte ri prìomhachasan bun-structair ionadail eile</b>
Cleachdadh an-dràsta	Thathar ag aithneachadh Gàidhlig mar sho-mhaoin eaconomach agus cultarail, agus mar phrìomhachas leasachaidh. Tha dealas ann an Ro-innleachd Chorporra na Comhairle 2022-2027, agus ann am Plana Leasachaidh Thoraidean Ionadail 2017-2027 aig CDCIG gus taic a chur ri àrdachadh na Gàidhlig sna coimhearsnachdan.
Uallach	Àrd-oifigear, Stiùirichean, Sgioba Riaghladh Corporra, e-Sgoil, Sgioba na Gàidhlig
Dealasan Dealbhadh Ro-innleachdail Co-cheangailte	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cuir taic ri agus ath-bhèothaich coimhearsnachdan tro leasachaidhean ann an taigheadas agus èifeachdas cumhachd (energy efficiency). <a href="#">(Ro-innleachd Chorporra agus PLTI)</a></li> <li>• Comasaich solar cothromach de thaigheadas ùr air prìs reusanta airson gach coimhearsnachd sna h-Eileanan. <a href="#">(Ro-innleachd Chorporra agus PLTI)</a></li> <li>• Solaraidh comas-ceangail bann-leathann (broadband) air prìs reusanta thairis air na h-Eileanan. <a href="#">(Ro-innleachd Chorporra agus PLTI)</a></li> <li>• Dèan sgrùdadh air adhartas nan gnìomhan gu h-àrd tro aithisgean às ùr air Riaghladh Dèanadais (Performance Management) airson gach sreath de Chomataidhean na Comhairle, agus tro aithisgean air adhartas phlanaichean gnìomhachais na Comhairle, rim faighinn air làrach-lìn na Comhairle. <a href="#">(Ro-innleachd Chorporra agus PLTI)</a></li> </ul>
<b>Gnìomhan a dhith</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• A thaobh Achd Comasachadh Choimhearsnachdan (Alba) 2015, agus far a bheil iarrtas, beachdaich air structaran ùra a bhrosnaicheas na coimhearsnachdan fhèin ath-bhèothachadh na Gàidhlig a stiùireadh. Dh’fhaodadh gum biodh seo a’ gabhail a-steach urrasan leasachadh na Gàidhlig, far a bheil leasachadh cànain stèidhichte air structar leasachaidh iomlanach a tha a’ cur taic ri gnìomhachasan ùra, cothroman obrach agus sgeamaichean taic na Gàidhlig airson teaghaich. Thèid sreath de choinneamhan a chumail sna coimhearsnachdan gus beachdan muinntir nan Eilean a chluinntinn. <b>Ceann-latha: 2026</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Beachdaich, le Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig, air a’ Ghàidhealtachd ainmeachadh mar sgìre shònraichte, a’</li> </ul>

	<p>gabhail a-steach na h-Eileanan, gus taic a chur ri coimhearsnachdan Gàidhlig. Tha seo stèidhichte air aithneachadh gu bheil feum air reachdas, structaran agus maoinachadh sònraichte airson coimhearsnachdan Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gun tèid an cànan a neartachadh.</p> <p><b>Ceann-latha: Còmhraidhean a’ leantainn gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cuir taic ionmhasail ri iomairtean gus mòr-ionadan (hubs) Gàidhlig a stèidheachadh ann an coimhearsnachdan, àitean far a bheilear a’ cleachdadh Gàidhlig mar am prìomh chànan, agus far an urrainnear cothroman obrach a chruthachadh gu h-ionadail, tachartasan Gàidhlig a chur air dòigh, agus an cànan a dh’àrdachadh san fharsaingeachd.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Neartaich ion-ghabhail dhidseatach (digital inclusion) tro e-Sgoil, ’s obair a’ leantainn ann an com-pàirticheas le Riaghaltas na h-Alba, Foghlam Alba, agus na Caidreachasan Leasachaidh Roinneil (Regional Improvement Collaboratives). Tha seo a’ dèanamh cinnteach gu bheil solar teagaisg fhìor-eòlaiche cothromach Gàidhlig ann, às bith far a bheil coimhearsnachdan.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gu bheilear a’ gabhail a-steach agus a’ cur prìomhachas air Gàidhlig ann an obair-leasachaidh sam bith a thig a-mach à Plana Nàiseanta nan Eilean.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Lean oirnn le bhith a’ solarachadh buidseat leasachadh na Gàidhlig airson pròiseactan coimhearsnachd sna h-Eileanan, far a bheilear dha-rìribh a’ cleachdadh, ag ionnsachadh no ag àrdachadh na Gàidhlig, le cuideam gu h-àraid air a bhith a’ brosnachadh dhaoine òga ann a bhith a’ bruidhinn Gàidhlig agus a’ cur taic ri pàrantan le clan ann am FtG.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ann a bhith ag obair gu dlùth ri Com-pàirteachas Taigheadas nan Innse Gall (HHP) gus taigheadas air prìs reasonta a sholarachadh sna h-Eileanan, dèan cinnteach gu bheilear a’ cleachdadh Gàidhlig nuair a thèid leasachaidhean ùra ainmeachadh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Obair a’ tòiseachadh ann an 2024</b></p>

## OBAIR

Toradh a thathar a’ moladh	<b>Barrachd taice gus obraichean a chruthachadh, a’ gabhail a-steach dreuchdan Gàidhlig, co-cheangailte ri prìomhachasan leasachaidh ionadail eile</b>
Cleachdadh an-dràsta	Thathar ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na so-mhaoin eaconomach agus cultarail, agus na prìomhachas leasachaidh ann an

	Ro-innleachd Chorporra na Comhairle 2022-2027 agus ann am Plana Leasachaidh Thoraidhean Ionadail 2017-2027 aig CDCIG.
Uallach	Àrd-oifigear, Stiùirichean, Sgioba Riaghladh Corporra, Oifigear Leasachadh nan Ealan, e-Sgoil
Dealasan Dealbhaidh Ro-innleachdail Co-cheangailte	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Meudaich an àireamh de dhreuchdan ann an roinnean a tha a’ fàs, mar thurasachd, biadh is deoch, gnìomhachasan cruthachail, seirbheisean gnìomhachais, lùth, agus obair togail. (Ro-innleachd Chorporra agus PLTI)</li> <li>• Cuir cuideam air a bhith a’ cruthachadh obair dhan t-sluagh obrach nas òige, a’ gabhail a-steach obraichean Gàidhlig, agus thoir seachad cothroman àrdachadh dreuchd gun a bhith aig daoine ris na h-Eileanan fhàgail, (Ro-innleachd Chorporra agus PLTI)</li> <li>• Amais air an àireamh de dh’iarrtasan airson Preantasachdan Bun-ìre is Nuadh Phreantasachdan a mheudachadh, agus airson cùrsaichean ionadail aig Colaiste is Oilthigh, gu h-àraid an fheadhainn ceangailte ri roinnean a tha a’ fàs, mar thurasachd, biadh is deoch, gnìomhachasan cruthachail, seirbheisean gnìomhachais, lùth, agus obair togail. (Ro-innleachd Chorporra agus PLTI)</li> <li>• Dèan sgrùdadh air adhartas nan gnìomhan gu h-àrd tro aithisgean às ùr air Riaghladh Dèanadais airson gach sreath de Chomataidhean na Comhairle, agus tro aithisgean air adhartas phlanaichea gnìomhachais na Comhairle, rim faighinn air làrach-lìn na Comhairle. (Ro-innleachd Chorporra agus PLTI)</li> </ul>
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ainmich cothroman obrach sa Chomhairle far a bhiodh e na bhuannachd nan robh sgilean Gàidhlig aig an neach. <b>Ceann-latha: Obair a’ tòiseachadh an an 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan ath-sgrùdadh air a’ phròiseas fastaidh gus prìomhachas a thoirt do Ghàidhlig agus an àireamh mhòr de dhaoine a tha a’ cleachdadh sheirbheisean sa Ghàidhlig. B’ urrainnear dreuchdan bàna ainmeachadh mar dhreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach no na bhuannachd an uairsin. <b>Ceann-latha: Obair a’ tòiseachadh an an 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan ath-sgrùdadh air a’ phròiseas fastaidh gus prìomhachas a thoirt do Ghàidhlig agus an àireamh mhòr de chloinn ann am FtG agus am feumalachdan. B’ urrainnear dreuchdan bàna ainmeachadh mar dhreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach no na bhuannachd an uairsin. <b>Ceann-latha: Obair a’ tòiseachadh an an 2024</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Obair le buidhnean com-pàirteachaidh gus sgrùdadh a dhèanamh air cleachdaidhean fastaidh GD, a chuidicheas le buileachadh Poileasaidh Gàidhlig mar Chiad Chànan na Comhairle.</li> </ul>

	<p><b>Ceann-latha: 2024</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Meudaich fastadh airson dreuchdan FtG, agus dèan cinnteach gum bi slighean adhartais ann an teagasg FtG a tha leantainneach, sùbailteach, rianail, agus a bhios a’ gabhail a-steach teisteanasan ma tha sin iomchaidh. Cruthaich plana faicsinneach de shlighean ionnsachaidh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gum feum Preantasan na Comhairle prògram ionnsachadh na Gàidhlig a dhèanamh mar chùmhnannt dhen chùmhnannt obrach aca.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Amais air an sreath de Phreantasachdan Bun-ìre agus Nuadh Phreantasachdan Gàidhlig a mheudachadh, as urrainn taic a chur ri barrachd cothroman obrach airson daoine òga ann an dreuchdan far a bheilear a’ cleachdadh Gàidhlig, ann an turasachd, sna meadhanan, ann an teagasg, cùram cloinne, cùram sòisealta, agus ann an roinnean a tha a’ fàs, mar a chaidh ainmeachadh san Ro-innleachd Chorporra.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Fad beatha a’ Phlana</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Thoir seachad cothroman àrdachadh dreuchd do dhaoine òga ann an dreuchdan Gàidhlig gus nach bi aca ris na h-Eileanan fhàgail airson obair a lorg. Cruthaich plana faicsinneach de shlighean fastaidh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: 2024</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Àrdaich cùrsaichean FtG SVQ gus cuideachadh le fastadh airson dreuchdan ann an cùram cloinne, agus dreuchdan a thaobh clann 0-3 agus Tràth-bhliadhnaichean.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Brosnaich sgoilearan FtG aig an ìre as Àirde, fon phrògram Leasachadh an Fheachd-obrach Òg (DYW), ann a bhith a’ cruthachadh slighean adhartais ann an dreuchdan Gàidhlig, gus cuideachadh le bhith a’ lùghdachadh an àireimh de dhaoine òga a dh’fheumas na h-Eileanan fhàgail airson obair a lorg.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Le com-pàirtichean sna h-ealain, sna meadhanan agus ann an dualchas, cuir taic ri bhith a’ cruthachadh barrachd cothroman obrach san roinn ghnìomhachasan cultarail sna h-Eileanan.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach nuair a thig cothroman obrach a-mach à pròiseact Outer Hebrides Destination Development fon Islands Growth Deal, gun tèid an roinneadh gu cothromach am measg nan coimhearsnachdan Gàidhlig gu lèir.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Fad beatha a’ Phlana</b></p>

	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich cothroman do phàranatn de chloinn FtG air obair tro bhith a’ leantainn oirnn le bhith a’ lìbhrigeadh cùram cloinne agus foghlam ro-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig ann an gach sgìre-sgoile.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich an ìre aig a bheil sgilean cànan Gàidhlig luchd-obrach na Comhairle agus Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd gu lèir, agus an ìre aig a bheil sgilean Gàidhlig am measg phàrantan de chloinn ann am FtG, tro bhith a’ leantainn oirnn le bhith a’ solarachadh chlasaichean Gàidhlig saor an asgaidh.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Amais air meudachadh ann an àireamhan gach bliadhna gu 2028</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Le bhith a’ toirt seachad eisimpleir de dheagh chleachdadh, broснаich buidhnean eile gu bhith nas ro-ghìomhaiche ann a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil sgilean Gàidhlig an luchd-obrach agus mar a thathar a’ cleachdadh na Gàidhlig freagarrach do dh’fheumalachdan nan coimhearsnachdan.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Obair a’ tòiseachadh ann an 2024</b></p>

## GNÌOMHACHAS AGUS TURASACHD

Toradh a thathar a’ moladh	<b>Barrachd taice airson gnìomhachas, a’ gabhail a-steach gnìomhachasan a chleachdas Gàidhlig, co-cheangailte ri prìomhachasan leasachaidh ionadail eile</b>
Cleachdadh an-dràsta	Thathar ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na so-mhaoin eaconomach agus cultarail, agus na prìomhachas leasachaidh ann an Ro-innleachd Chorporra na Comhairle 2022-2027 agus ann am Plana Leasachaidh Thoraidhean Ionadail 2017-2027 aig CDCIG.
Uallach	Àrd-oifigear, Stiùirichean, Sgioba Riaghladh Corporra
Dealasan Dealbhaidh Ro-innleachdail Co-cheangailte	<ul style="list-style-type: none"> <li>Meudaich taic airson gnìomhachasan beaga agus meadhanach (SMEan) gus am fàs iad tro bhith a’ cleachdadh barrachd Gàidhlig mar sho-mhaoin eaconomach aithnichte, gu h-àraid a thaobh turasachd. (<a href="#">Ro-innleachd Chorporra agus PLTI</a>)</li> <li>Cleachd Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig san dòigh as fheàrr gus buannachdan eaconomach fhaighinn, agus àrdaich na buannachdan eaconomach a thig a-mach à cleachdadh na Gàidhlig airson gnìomhachasan. Tha comas ann sreath de roinnean eaconomach a dh’fhàs tro bhith a’ cleachdadh Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig nas trice. (<a href="#">Ro-innleachd Chorporra agus PLTI</a>)</li> <li>Meudaich tro sheirbheis Slighe Gnothachais (Business Gateway) an àireamh de ghnìomhachasan ùra, le taic na chois. (<a href="#">Ro-innleachd Chorporra agus PLTI</a>)</li> </ul>



	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dèan cinnteach gun tèid airgead-tasgaidh a cho-roinneadh gu co-rèireach (proportionately) am measg eileanan, bhailtean agus choimheasnachdan dùthchail. (<a href="#">Ro-innleachd Chorporra agus PLTI</a>)</li> <li>• Tàlaidh a-steach airgead-tasgaidh do na h-Eileanan tro bhith a’ solarachadh thogalaichean gnìomhachais tarraingeach, agus bun-structar na lùib, air feadh nan Eilean. (<a href="#">Ro-innleachd Chorporra agus PLTI</a>)</li> <li>• Dèan sgrùdadh air adhartas nan gnìomhan gu h-àrd tro aithisgean às ùr air Riaghladh Dèanadais airson gach sreath de Chomataidhean na Comhairle, agus tro aithisgean air adhartas phlanaichea gnìomhachais na Comhairle, rim faighinn air làrach-lìn na Comhairle. (<a href="#">Ro-innleachd Chorporra agus PLTI</a>)</li> <li>• Àrdaich Gàidhlig agus cultar na Gàidlig, le cothroman trèanaidh Gàidhlig do luchd-obrach, ’s aithneachadh ann gu bheil seo cudromach ann a bhith a’ lìbhrigeadh thachartasan cultarail a tha tarraingeach do luchd-tadhail. (<a href="#">Ro-innleachd Turasachd Innse Gall 2030</a>)</li> <li>• Lean oirnn le bhith a’ co-obrachadh le com-pàirtichean Turasachd Innse Gall gus iomairtean turasachd le ainm-brannnd “Innse Gall” a lìbhrigeadh. (<a href="#">Ro-innleachd Turasachd Innse Gall 2030</a>)</li> </ul>
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cuir taic ri leasachadh gnìomhachasan Gàidhlig aig a bheil modailean gnìomhachais ion-obrachail (viable). <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Brosnaich agus cuir taic ri gnìomhachasan gus Gàidhlig a chleachdadh mar sho-mhaoin eaconomach, mar a chaidh ainmeachadh san Ro-innleachd Chorporra, gu h-àraid ann an roinnean mar thurasachd, gnìomhachasan cruthachail, agus biadh is deoch. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Thoir seachad, tro sheirbheis Slighe Gnothachais, taic calpa airson pròiseactan a’ bhios a’ cur air adhart ath-nuadhachadh agus leasachadh cultar na Gàidhlig. <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Àrdaich agus cuir taic ri pròiseactan a bhios a’ cleachdadh agus ag àrdachadh Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig, agus a tha air leth cudromach ann a bhith a’ tàladh luchd-tadhail do na h-Eileanan, m.e. <i>Fèis Cheilteach Innse Gall</i> agus <i>Fèis Eilean Dorcha</i>, agus sgoiltean samhraidh Ceòlas. Amais air barrachd taice a chur ri tachartasan mar seo. <b>Ceann-latha: Fad beatha a’ Phlana</b></li> </ul>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Solaraidh, tro sheirbheis Slighe Gnothachais, taic ionmhasail airson pròiseactan turasachd a bhios a’ cur air adhart</li> </ul>

	<p>cleachdadh na Gàidhlig, agus obraich le com-pàirtichean turasachd mar VisitScotland gus taic a chur ri iomairtean mar seo.</p> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cuir taic ri pròiseactan ionnsachadh còmhnaidheach (residential learning) na Gàidhlig, a bhios a’ gabhail a-steach a bhith a’ fuireach còmhla ri teaghlaichean aig a bheil Gàidhlig ann an àitichean-fuirich leabaidh &amp; bracaist ionadail.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>

## GÀIDHLIG SNA H-EALAIN AGUS ANN AN DUALCHAS

Toradh a thathar a’ moladh	Meudachadh ann an obair ealain agus dualchais sa Ghàidhlig, gu h-àraid anns a bheil daoine òga an sàs
Cleachdadh an-dràsta	Thathar ag àrdachadh gu gnìomhach sreath de thachartasan ealain agus dualchais Gàidhlig air feadh nan Eilean.
Uallach	Àrd-oifigear, Stiùirichean, Sgioba Riaghladh Corporra, Aonad Iomamheadhan, Oifigear Leasachadh nan Ealan
Dealasan Dealbhaidh Ro-innleachdail Co-cheangailte	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cuir taic ri agus àrdaich Gàidhlig, cultar na Gàidhlig agus dualchas nan Eilean, ag aithneachadh gu bheil iad air leth cudromach do choimhearsnachdan nan Eilean, agus do thurasachd. (<a href="#">Ro-innleachd Chorporra agus PLTI</a>)</li> <li>• Dèan sgrùdadh air adhartas nan gnìomhan gu h-àrd tro aithisgean às ùr air Riaghladh Dèanadais airson gach sreath de Chomataidhean na Comhairle, agus tro aithisgean air adhartas phlanaichean gnìomhachais na Comhairle, rim faighinn air làrach-lìn na Comhairle. (<a href="#">Ro-innleachd Chorporra agus PLTI</a>)</li> </ul>
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Le bhith a’ co-obrachadh le com-pàirtichean, cuir taic ionmhasail ri sreath as fharsainghe de phròiseactan ealain is dualchais as urrainnear a mhaoineachadh, a tha a’ cur air adhart cleachdadh no ionnsachadh na Gàidhlig.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Thoir seachad bun-mhaoineachadh (core funding) airson nam prìomh bhuidhnean ealain sna h-Eileanan, m.e. An Lanntair, Taigh Chearsabhagh, Fèis Cheilteach Innse Gall, Ceòlas, Fèisean nan Gaidheal, Museum &amp; Tasglann nan Eilean. Bheir seo an comas dhaibh barrachd maoinachaidh fhaighinn bho bhunaitean eile, agus taic a chur ri obraichean sna coimhearsnachdan.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Leasaich ro-innleachd eadar-cheangailte, a’ gabhail a-steach obair ealain is dualchais, agus na roinnean poblach is prìobhaideach, gus taic a chur ri pròiseactan cruthachail agus cultarail air an stiùireadh leis a’ choimhearsnachd. Comasaich</li> </ul>

	<p>cothrom air seirbheis Slighe Ionnsachadh is eile gus taic a chumail ri pròiseactan.</p> <p><b>Ceann-latha: Obair a’ tòiseachadh ann an 2025</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cuir taic ri leasachadh sgilean, fàs air gnìomhachas agus ùr-ghnàthachadh anns na gnìomhachasan cruthachail agus cultarail sna h-Eileanan. Comasaich cothrom air seirbheis Slighe Ionnsachadh is eile gus taic a chumail ri pròiseactan.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Lean oirnn le bhith a’ maoinachadh phròiseactan a tha a’ brosnachadh daoine òga gu bhith gabhail pàirt ann an obair ealain Gàidhlig, mar fharpais <i>FilmG</i>, agus obraich le sgoiltean mar phàirt de ro-innleachd gus ùidh sna h-ealain Gàidhlig a thogail.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Obraich gu dlùth ri buidhnean mar a’ Chomunn Gàidhealach agus Fèisean nan Gàidheal ann a bhith a’ cur taic ri tachartasan Gàidhlig traidiseanta, mar Mhòdan ionadail agus fèisean, agus a’ meudachadh gu làn-ìre an àireamh de dhaoine òga a tha a’ gabhail pàirt ann an cultar traidiseanta na Gàidhlig.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cruthaich, tro obair Aonad Ioma-mheadhan, goireasan didseatach gus taic a chur ri, agus àrdachadh a dhèanamh air, obair is tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig am measg sgoilearan agus dhaoine òga.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Meudaich goireasan ann am beatha a’ Phlana</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Lean oirnn le bhith a’ cur taic ri tachartasan cliùiteach a bhios a’ cur air adhart obair dhualchasach Gàidhlig gu mòr, m.e. Mhòdan ionadail, sgoiltean samhraidh Ceòlas, <i>Fèis Cheilteach Innse Gall</i>, <i>Fèis Eilean Dorcha</i>, a.m.s.a.a.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Obraich le com-pàirtichean Turasachd Innse Gall gus taic a chur ri, agus àrdachadh a dhèanamh air, cothroman ionnsachadh na Gàidhlig agus pròiseactan a tha mar phàirt de thachartasan mòra, cultarail, far am bi tòrr luchd-tadhail, mar <i>Fhèis Cheilteach Innse Gall</i>. m.e. seiseanan blas na Gàidhlig (taster sessions), no tursan le neach-treòrachaidh (tourguide) sa Ghàidhlig.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cùm comhairle agus taic ris na Comainn Eachdraidh agus lean oirnn le bhith a’ cur taic ri pròiseactan Chomainn Eachdraidh a bhios a’ cleachdadh no a’ cur Gàidhlig air adhart.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cuir taic ri Museum &amp; Tasglann nan Eilean, gus seirbheis dualchais dà-chànanach gu lèir agus làrach-lìn dualchais dà-</li> </ul>

	<p>chànanach a libhrigeadh, agus ro-innleachd gus sgilean Gàidhlig an luchd-obrach a leasachadh.</p> <p><b>Ceann-latha: 2026</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lean oirnn le bhith ag obair gu dlùth le Comann Dualchas Innse Gall, a bhios a' comasachadh obair com-pàirteachaidh am measg bhuidhnean dualchais sna h-Eileanan, gus pròiseactan a libhrigeadh a bhios a' gabhail a-steach rannsachadh, clàradh agus glèidheadh dualchas Gàidhlig nan Eilean.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leanaidh Museum &amp; Tasglann nan Eilean le bhith ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean dualchais sna h-Eileanan mar phàirt de bhuidheann-stiùiridh <i>Great Place Project, Dualchas do Dhaoine 2021-2031</i>, gus am bi sgilean, eòlas agus goireasan nam buidhnean fa leth a' tighinn còmhla mar ghoireas sa chumantas, gus taic a chur ri leasachadh eaconomach le prìomhachas air obair dualchais, agus gus am bi seasmhachd ann an roinn an dualchais sna h-Eileanan.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b></p>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir taic ri iomairtean a bhios a' libhrigeadh spòrs tro mheadhan na Gàidhlig, agus, mar chùis èiginneach, leasaich comas luchd-obrach na Comhairle ann a bhith a' libhrigeadh thachartasan spòrs tro mheadhan na Gàidhlig, gu h-àraid airson daoine òga, ann an ionadan-spòrs.</li> </ul> <p><b>Ceann-latha: Obair a' tòiseachadh ann an Samhain 2023</b></p>

## CÙRAM SÒISEALTA

Toradh a thathar a' moladh	<b>Àireamh mhòr de luchd-labhairt na Gàidhlig air am fastadh ann an seirbheisean cùraim, agus meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean cùraim</b>
Cleachdadh an-dràsta	Bidh a' Chomhairle a' toirt seachad sreath de sheirbheisean cùraim sa Ghàidhlig, agus ag aithneachadh gu bheil cuid de luchd-cleachdaidh airson 's gum bi luchd-cùraim bruidhinn riutha sa Ghàidhlig, agus feuchainn sin a chur air dòigh dhaibh.
Uallach	Ceannard Cùram Coimhearsnachd, Manaidsear Sheirbheisean Luchd-cleachdaidh
Dealasan Dealbhaidh Ro-innleachdail Co-cheangailte	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gum faigh seann dhaoine no an fheadhainn a tha feumach air taic an cùram a dh'fheumas iad. (<a href="#">Ro-innleachd Chorporra agus PLTI</a>)</li> </ul>
<b>Gnìomhan a dhìth</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir an àireamh a dh'fheumar de luchd-obrach le sgilean Gàidhlig ann an dreuchd ann an dachaighean cùraim agus ionadan-latha gus cùram a ghabhail den àireamh mhòr den luchd-cleachdaidh air a bheil seargadh-inntinn (dementia) mar phàirt de slànachadh-cuimhneachaidh (reminiscence</li> </ul>

	therapy). Dèan sgrùdadh air comas lìbhrigidh an luchd-obrach. <b>Ceann-latha: 2025</b>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Brosnaich barrachd luchd-obrach ann an dachaighean cùraim agus ionadan-latha gus an sgilean Gàidhlig a leasachadh. Ainmich “Gaisgich na Gàidhlig” am measg an luchd-obrach nas òige gus deagh eisimpleir a shealltainn dhan luchd-obrach eile le bhith a’ cleachdadh Gàidhlig nas trice le luchd-cleachdaidh agus luchd-obrach eile.</li> </ul> <b>Ceann-latha: Obair a’ tòiseachadh ann an 2024</b>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir Co-òrdanaichean Thachartasan ann an dreuchd ann an dachaighean cùraim gus cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh tro bhith a’ cur air dòigh tachartasan Gàidhlig a bhios a’ gabhail a-steach luchd-cleachdaidh, luchd-obrach agus luchd-tadhail, agus a’ lìbhrigeadh sheiseanan cuimhneachaidh dhan luchd-cleachdaidh.</li> </ul> <b>Ceann-latha: Fad beatha a’ Phlana</b>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Solaraidh luchd-cùraim le sgilean Gàidhlig airson na seirbheis <i>Cùram aig an Taigh</i> nuair a b’ fheàrr le luchd-cleachdaidh seo, agus fastaich barrachd oifigearan-slàinte le sgilean Gàidhlig ma ghabhas e a dhèanamh.</li> </ul> <b>Ceann-latha: Gach bliadhna</b>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dèan cinnteach gu bheil an àireamh as motha de luchd-obrach na seirbheis-cùraim <i>Fàire</i> le sgilean Gàidhlig. Tha seo air leth cudromach, oir b’ fheàrr le tòrr seann dhaoine bruidhinn ri cuideigin sa Ghàidhlig.</li> </ul> <b>Ceann-latha: Gach bliadhna. Dèan sgrùdadh ann an 2024</b>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaich comas an luchd-obrach gus seirbheisean a lìbhrigeadh sa Ghàidhlig do chloinn le ciorraman aig a bheil sgilean Gàidhlig. Chan fhaodar clann le ciorraman a dhùnadh a-mach à FtG.</li> </ul> <b>Ceann-latha: Obair a’ tòiseachadh ann an 2024</b>

## 4. CEANGLAICHEAN CHUN FREÀM-OBACH DÈANADAIS NÀISEANTA

Tha Comhairle nan Eilean Siar ag aithneachadh nach e mhàin gu bheil Gàidhlig mar phàirt do-dhealaichte de bheathannan, dearbh-aithne agus dualchas cultarail muinntir nan Eilean Siar, ach gu bheil i, mar chànan oifigeil ann an Alba, cuideachd mar phàirt de dhualchas, dearbh-aithne agus beatha chultarail na h-Alba air fad.

Air sgàth sin, tha a’ Chomhairle dealasach ann a bhith a’ cruthachadh suidheachadh far an urrainear Gàidhlig a chleachdadh agus taic a chur ri ionnsachadh na Gàidhlig, agus a’ togail air seo gus buannachdan eaconomach a lìbhrigeadh airson soirbheachadh choimhearsnachdan

nan Eilean. Tha a' Chomhairle cuideachd a' cur taic ri ro-innleachdan, planaichean agus iomairtean nàiseanta a tha ag amas air suidheachadh na Gàidhlig a neartachadh mar chànan nàiseanta, agus le bhith a' dèanamh seo, a' togail choimhearsnachdan a tha nas ion-ghabhalaiche, nas eadar-mheasgte (diverse) agus nas shoirbheachaile. Gus seo a dhèanamh, tha am Plana Cànan Gàidhlig seo, mar thoradh air amasan coitcheann Com-pàirteachas Dealbhadh Coimhearsnachd sna h-Eileanan, a' cur taic ri **Frèam-obrach Dèanadais Nàiseanta (FDN)**, leis a' phrìomh amas seo: dùthaich nas shoirbheachaile a chruthachadh. Gu h-àraid, tha am Plana Cànan seo ag amas air taic a chur ri buileachadh nam prìomhachasan san FDN mar a leanas:

### Rùn

- Lìbhrig cothroman do mhuinntir na h-Alba gu lèir;
- Meudaich soirbheachadh muinntir na h-Alba gu lèir, agus;
- Lìbhrig fàs eaconomach, seasmhach.

### Toraidhean

- Tha daoine a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha ion-ghabhalach, comasaichte, seasmhach agus sàbhailte;
- Tha daoine cruthachail, agus thathar a' cur nan cultairean eadar-mheasgte aca air adhart fad is farsaing;
- Tha daoine foghlamaichte, sgileil, agus 's urrainn dhaibh cur ris a' chomann-shòisealta;
- Tha gnìomhachasan fàsmhor agus ùr-ghnàthach ann, le dreuchdan math, cothromach dhan h-uile duine.

Faodar am Frèam-obrach Dèanadais Nàiseanta fhaicinn ann an doimhneachd aig <https://nationalperformance.gov.scot/>

## 5. CEANGLAICHEAN GU FRÈAMAN-OBACH IONADAIL AGUS SGÈREIL

Tha a' Chomhairle ag aithneachadh gu bheil e riatanach gun tèid co-obrachadh a dhèanamh le Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd gus taic a chur ri, agus leudachadh a dhèanamh air, cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig sna h-Eileanan, agus gun tèid planaichean leasachaidh fa leth a cheangail ri chèile gus amasan airson soirbheachadh nan coimhearsnachdan a lìbhrigeadh. 'S e an adhbhar airson seo gu bheil leasachadh na Gàidhlig sna coimhearsnachdan ceangailte gu dlùth ri prìomhachasan leasachaidh eile, mar chàileachd agus factainneachd taigheadais, dreuchdan agus fàs eaconomach, agus comas-ceangail didseatach, a bhios uile a' cuideachadh ann a bhith a' togail choimhearsnachdan seasmhach far an urrainn dha luchd-labhairt na Gàidhlig a shoirbheachadh. Gu dearbh, tha leasachadh

eaconomach agus leasachadh na Gàidhlig eismeil air a chèile, oir chaidh a dhearbhadh gu bheil Gàidhlig na so-mhaoin eaconomach, agus tha fàs eaconomach, ri linn sin, a' cur taic ri coimhearsnachdan sna h-Eileanan far an urrainn dha luchd-labhairt na Gàidhlig a bhith a' fuireach agus ag obair.

Air sgàth seo, obraichidh a' Chomhairle gu gnìomhach le Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd gus toraidhean a' Phlana seo, Ro-innleachd Chorporra na Comhairle 2022-2027, Plana Leasachaidh Thoraidhean Ionadail 2017-2027, Ro-innleachd Ghnìomhachasan Chruthachail & Chultarail nan Innse Gall, agus Ro-innleachd Turasachd Innse Gall 2030 a libhrigeadh. A bharrachd air seo, mar bhuill de Cho-chruinneachadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean (Convention of the Highlands and Islands), bidh a' Chomhairle gnìomhach ann a bhith a' cur taic ri dealas a' Cho-chruinneachaidh gus dèanamh cinnteach gun tèid a bheachdachadh air Gàidhlig ann an obair eaconomach agus coimhearsnachd nam ball thairis air a' Ghàidhealtachd, agus gun obraich na buill còmhla ri chèile gus cleachdadh na Gàidhlig a dh'àrdachadh agus a leasachadh, rud as urrainn cuideachadh ann a bhith a' libhrigeadh leasachadh eaconomach ann an coimhearsnachdan.

## 6. FOILLSEACHADH

### FOILLSEACHADH A' PHLANA

#### A-STAIGH

---

Chaidh co-chomhairleachadh a dhèanamh leis a h-uile Roinn sa Chomhairle gus am Plana Cànanain Gàidhlig seo a dheasachadh, le amasan agus dleastanasan luchd-obrach fon Phlana air am mìneachadh gu soilleir. Thèid innse dhan luchd-obrach gu lèir nuair a thèid aontachadh leis a' Phlana gu foirmeil, agus thèid fhoillseachadh air eadra-lìon na Comhairle ann an Gàidhlig agus ann am Beurla. Bidh cothrom cuideachd aig a h-uile neach-obrach cur ris a' Phlana fhad 's a thèid a libhrigeadh, agus thèid Roinnean a bhrosnachadh ann a bhith a' cur ris a' Phlana ann an dòigh sam bith, ma ghabhas e a dhèanamh.

#### A-MUIGH

---

Thèid Plana Cànanain Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus ann am Beurla air ar làrach-lìn. A thuilleadh air sin, nì sinn na leanas:

- Cuiridh sinn fios naidheachd dà-chànanach a-mach, ag innse gun deach am Plana fhoillseachadh;
- Cuiridh sinn am Plana ann am follais tro na meadhanan sòisealta;
- Cuiridh sinn lethbhreacan den Phlana gu buidhnean treas-phàrtaidh aig a bheil dleastanasan ann a bhith a' cuideachadh le libhrigeadh amasan a' Phlana;

- Cuiridh sinn lethbhreacan den Phlana chun phrìomh luchd-ùidhe (stakeholders) sna roinnean poblach agus prìobhaideach;
- Cuiridh sinn lethbhreacan den Phlana gu buidhnean Gàidhlig agus buidhnean eile aig a bhiodh ùidh ann, agus;

Bidh lethbhreacan cruaidh den Phlana rim faighinn air iarrtas.

## 7. MAOINEACHADH A' PHLANA

Thèid cosgaisean an lùib buileachadh a' Phlana a phàigheadh sa mhòr-chuid le taic-airgid ri fhaighinn ann am buidseatan Roinnean, a' sealltainn mar a tha a' Chomhairle a' toirt spèis do Ghàidhlig anns a h-obair. A dh'aindeoin seo, theid cothroman a ghabhail gus maoinachadh eile fhaighinn bho bhunaitean eile gus pìosan dhen Phlana a leasachadh, ag aithneachadh gu bheil cuingealachaidhean ionmhais leantainneach ann air maoinachadh sheirbheisean Ùgharrasan Ionadail. Air sgàth sin, tha e air leth cudromach gun tèid obair a dhèanamh còmhla ris ar com-pàirtichean, agus gun tèid goireasan a cho-roinneadh nar measg fhèin. Tha tòrr ghnìomhan sa Phlana nach eil a' gabhail a-steach uiread de chosgaisean, agus thèid an libhrigeadh tro atharrachaidhean san dòigh 's a bhios Buill agus luchd-obrach a' coileanadh an dleastanasan obrach.

## 8. SGRÙDADH ADHARTAS A' PHLANA

Thèid adhartas buileachadh gnìomhan a' Phlana a sgrùdadh ann an aithisgean adhartais bliadhnail gu Bòrd na Gàidhlig fad beatha a' Phlana. Ann a bhith a' deasachadh na h-aithisge, thèid fhaighneachd do Roinnean air a bheil an uallach airson buileachadh nan gnìomhan, dè an t-adhartas a chaidh a dhèanamh, agus bidh cothrom ann, ma dh'fheumar, innse mu dhuilgheadasan sam bith a nochd ann am buileachadh nan gnìomhan. Deasaichidh Sgioba na Gàidhlig an aithisg seo. A thuilleadh air sin, thèid sgrùdadh a dhèanamh ann an doimhneachd air adhartas a' Phlana ann an Comataidh na Gàidhlig sa Chomhairle, a bhios a' coinneachadh gu tric tron bhliadhna.

## 9. AM PLANA CÀNAIN GÀIDHLIG SA CHOMHAIRLE

### ÙGHDARRAS IOMLAN AIRSON A' PHLANA CÀNAIN

'S ann aig an t-Àrd-oifigear a tha an t-ùghdarras iomlan airson deasachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh adhartais a' Phlana-Cànain. Faodar fios a chur thuige mar a leanas:

Malcolm Burr  
 Àrd-oifigear  
 Comhairle nan Eilean Siar  
 Rathad Shanndabhaig



Steòrnabhagh  
HS1 2BW  
[m.burr@cne-siar.gov.uk](mailto:m.burr@cne-siar.gov.uk)

## ÙGHDARRAS LÀITHEIL AIRSON LÌBHRIGEADH A’ PHLANA

’S ann aig Oifigear Taic Gàidhlig agus Oifigear Poileasaidh Gàidhlig a tha an t-ùghdarras làitheil airson lìbhrigeadh agus sgrùdadh adhartais a’ Phlana Cànain. Faodar fios a chur thuca a thaobh lìbhrigeadh a’ Phlana gu làitheil mar a leanas:

Dòmhnall Weir  
Oifigear-taic Gàidhlig  
Roinn an Àrd-oifigeir  
[donald.weir@cne-siar.gov.uk](mailto:donald.weir@cne-siar.gov.uk)

Aonghas Mac’Illinnein  
Oifigear-poileasaidh Gàidhlig  
Roinn an Àrd-oifigeir  
[amaclennan1a@gnes.net](mailto:amaclennan1a@gnes.net)

## BUILEACHADH A’ PHLANA CÀNAIN GÀIDHLIG AGUS BUIDHEANN SGRÙDAIDH

Gus dèanamh cinnteach gun tèid am Plana Cànain a dh’fhigh a-steach do structar corporra na Comhairle, cuiridh a’ Chomhairle buidheann thar-roinneil (cross-departmental) air chois, le taic bho Bhuill, a bhios a’ sgrùdadh adhartas buileachadh a’ Phlana Cànain gach cairteal. Thathar an dòchas san dòigh seo gun tèid dèiligeadh ri duilgheadas sam bith ann a bhith a’ coileanadh a’ Phlana aig ìre thràth.

## CONALTRADH LEIS AN LUCHD-OBACH

Chaidh co-chomhairleachadh a dhèanamh leis na Roinnean gu lèir ann a bhith a’ deasachadh a’ Phlana seo, le dleastanasan luchd-obrach fon Phlana air am mìneachadh gu soilleir. Bidh cothrom cuideachd aig a h-uile neach-obrach cur ris a’ Phlana fhad 's a thèid a lìbhrigeadh, agus thèid Roinnean a bhrosnachadh ann a bhith a’ cur ris a’ Phlana ann an dòigh sam bith, ma ghabhas e a dhèanamh. Ann a bhith a’ foillseachadh a’ Phlana, bidh Sgioba na Gàidhlig a’ toirt seachad taic no cuideachadh sam bith a dh’fheumar gus am Plana a bhuileachadh.

## BUIDHNEAN AIR ASTAR AGUS TREAS-PHÀRTAIDHEAN

Cuiridh a’ Chomhairle cuideam air a dealasan gus cleachdadh agus àrdachadh na Gàidhlig a lìbhrigeadh fon Phlana Cànain nuair a bhios a’ Chomhairle a’ tairgsinn obair gu gnìomhachasan, agus gu gnìomhachasan a bhios a’ lìbhrigeadh sheirbheisean as leth na Comhairle.

## APPENDIX 1 – INTERNAL GAELIC CAPACITY AUDIT

### Suirbhidh Sgilean agus Feumalachdan Gàidhlig Luchd-obrach na Comhairle 2022


Ann a bhith a' dèanamh deasachadh airson Plana Cànain Gàidhlig na Comhairle 2023-2028, chuir a' Chomhairle suirbhidh air-loidhne, gun urra, leth-structaraichte Microsoft Forms air dòigh às t-Samhradh 2022, (eadar 13/6/22 agus 31/8/22), gus ìre sgilean Gàidhlig an luchd-obrach agus nam Ball fhaighinn a-mach. Chaidh 13 ceistean fhaighneachd a thaobh sgilean Gàidhlig, agus cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig am measg an luchd-obrach agus nam Ball, le cothrom aig deireadh na suirbhidhe beachdan eile a thoirt seachad.

Bhathar an dùil gun cuidicheadh an t-suirbhidh seo ann a bhith a' dearbhadh farsaingeachd amasan agus gnìomhan a bu chòir a bhith sa Phlana Cànain, agus a' sealltainn far an robh beàrnan no duilgheadasan ann a thaobh solar ionnsachadh na Gàidhlig dha luchd-obrach no Buill a tha airson sgilean Gàidhlig ionnsachadh. Gu lèir, chrìochnaich 308 luchd-obrach is Buill an t-suirbhidh, le riochdachadh làidir bho gach Roinn. Chaidh na toraidhean a chur ri chèile mar fhigearan a-mach às a' cheud de luchd-obrach is Bhuill, agus leis na cuspairean a nochd as cumanta am measg nam beachdan aca, a' ciallachadh gu bheil measgachadh de dh'fhiosrachadh uimhireil (quantitative) agus càileachdail (qualitative) ann. Tha na toraidhean, le beachdan orra is fiosrachadh na chois, mar a leanas.

#### Ceist 1

##### Dè an Roinn anns a bheil thu ag obair?

Foghlam, Sgilean agus Seirbheisean Cloinne – 27.7%  
Coimhearsnachdan – 21.6%  
So-mhaoin, Ionmhas agus Stòras (SIS) – 20.9%  
Roinn an Àrd-oifigeir – 16.1%  
Slàinte agus Cùram Sòisealta (S&CS) – 11.6%  
Buill – 2.05%



## Ceist 2

### Dè cho fileanta 's a tha thu sa Ghàidhlig?


Tha mi fileanta – 36.6%

Tha sgilean còmhraidh bunaiteach agam – 18.5%

Tha cuid de dh'fhaclan is abairtean agam – 32.9%

Chan eil sgilean labhairt sam bith agam – 10.7%

Eile – 1.3%



### Fiosrachadh

- Tha seo a' ciallachadh gu bheil comas còmhraidh sa Ghàidhlig gu ìre air choreigin aig 55.1% de luchd-obrach is Bhuill. 'S e 59.0% an àireamh sa cheud co-ionnan a nochd san t-suirbhidh Ghàidhlig den luchd-obrach mu dheireadh a chaidh a chumail ann an 2017.
- Tha sgilean Gàidhlig gu ìre air choreigin aig 88.0% gu lèir. 'S e 85.3% an àireamh sa cheud co-ionnan a nochd san t-suirbhidh Ghàidhlig den luchd-obrach mu dheireadh a chaidh a chumail ann an 2017.
- Ann an 2017 bha 42.2% ann a bha 'Fileanta', a' ciallachadh gu bheil an àireamh de fileantaich air tuiteam le 5.6% ann an 2022.

## Ceist 3

### Dè cho math 's a tha thu a' tuigse Gàidhlig?


Tha mi a' tuigse Gàidhlig glè mhath – 44.8%

'S urrainn dhomh còmhradh bunaiteach a thuigse – 15.15%

Chan urrainn dhomh ach cuid de dh'fhaclan agus abairtean a thuigse – 31.65%

Chan urrainn dhomh Gàidhlig a thuigse idir – 7.7%

Eile – 0.7%



## Fiosrachadh

- Tha seo a' ciallachadh gun urrainn dha 60.3% den luchd-obrach agus de Bhuill co-dhiù còmhraidh bunaiteach sa Ghàidhlig a thuigse. (Ann an 2017, thuirt 75.5% gum b' urrainn dhaibh Gàidhlig a thuigse 'Glè Mhath' agus 'Beagan'.)

## Ceist 4

### Dè cho math 's as urrainn dhut Gàidhlig a leughadh?


'S urrainn dhomh Gàidhlig a leughadh glè mhath – 19.5%

'S urrainn dhomh Gàidhlig a leughadh an ìre mhath math – 23.9%

Chan urrainn dhomh ach cuid de dh'fhaclan agus abairtean a leughadh – 36.4%

Chan urrainn dhomh Gàidhlig a leughadh idir – 20.2%

Eile – 0%



## Fiosrachadh

- Chan eil ach 43.4% ann gu lèir as urrainn Gàidhlig a leughadh gu ìre comasach air choreigin.

## Ceist 5

### Dè cho math 's as urrainn dhut Gàidhlig a sgrìobhadh?


'S urrainn dhomh Gàidhlig a sgrìobhadh glè mhath – 14.1%

'S urrainn dhomh Gàidhlig a sgrìobhadh, ach chan eil misneachd agam – 23.2%

'S urrainn dìreach cuid de dh'fhaclan is abairtean a sgrìobhadh – 27.3%

Chan urrainn dhomh Gàidhlig a sgrìobhadh idir – 34.0%

Eile – 1.35%



## Fiosrachadh

- Chan eil ann ach 14.1% de dhaoine aig a bheil sgilean sgrìobhaidh glè mhath sa Ghàidhlig, a dh'aindeoin 's gu bheil 36.6% ann as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn gu ìre 'Fileanta' (Ceist 2)

## Ceist 6

Dè cho tric 's a bhios tu a' cleachdadh Gàidhlig san àite-obrach?

A h-uile Latha – 17.35%


A' Mhòr-chuid de Làithean – 13.3%

Uaireannan – 16.0%

Gu h-ainneamh – 21.1%

Cha bhi Riamh – 31.6%

Eile – 0.7%



## Fiosrachadh

- Bidh 30.6% gu lèir a' cleachdadh Gàidhlig airson co-dhiù a' mhòr-chuid de làithean, ach thuir 55.1%, (a rèir Ceist 2), gu bheil comas còmhraidh sa Ghàidhlig aca gu ìre air choreigin.
- Anns an t-suirbhidh ann an 2017, thuir 46.6% gun do chleachd iad Gàidhlig 'A h-uile Latha', an taca ri dìreach 17.35% ann an 2022.
- Cha bhi 31.6% riamh a' cleachdadh Gàidhlig, an taca ri 22.6% san t-suirbhidh ann an 2017.

## Ceist 7

Ma bhios tu a' cleachdadh Gàidhlig san àite-obrach, cleachd am bucas gu h-ìosal airson innse dhuinn cuin agus càit a bhios tu ga cleachdadh gu h-àbhaisteach.

An dèidh sgrùdadh còd (coded analysis) nam freagairtean, nochd na ceithir cuspairean as làidire, mar a leanas:

**Mar phàirt dhen obair agam** – dh'ainmich 91 freagarraiche seo.

**Air a cleachdadh gu neo-fhoirmeil le co-obraichean** – dh'ainmich 75 freagarraiche seo.

**A' bruidhinn ris a' phobal no buidhnean eile** – dh'ainmich 69 freagarraiche seo.

**Air a cleachdadh gu foirmeil le co-obraichean** – dh'ainmich 40 freagarraiche seo.

## Fiosrachadh

- Tha e soilleir gu bheil a' cleachdadh Gàidhlig ann an sreath farsaing de shuideachaidhean sa Chomhairle, an dà chuid gu foirmeil is gu neo-foirmeil. Ged a tha e air leth cudromach gu bheil an cànan na prìomh phàirt de libhrigeadh sheirbheisean, (gu h-àraid a thaobh slàinte is cùram sòisealta), tha e brosnachail gu h-àraid gu bheil ìre àrd de chleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean neo-foirmeil, sòisealta, am measg luchd-obrach agus Bhuill.

Am measg nam freagairtean as cumanta, nochd na leanas:

- *"I use Gaelic as part of my job as well as informally with colleagues and Gaelic-speaking members of the public that I deal with."*
- *"Speak it regularly to colleagues who speak the language."*
- *"Speak, write and read Gaelic as part of my job."*
- *"Gaelic is part of my job - I speak Gaelic to colleagues, managers, elected members and clients/ public."*
- *"Mainly informally to colleagues, members. Also in emails where I know the recipient can read Gaelic."*
- *"When carrying out visits in the community where Gaelic is preferred language."*
- *"When responding to anyone that has spoken or written in Gaelic."*
- *"As part of the job and informally to colleagues."*
- *"Some of my older clients who have additional needs converse in Gaelic and are relying on someone who can converse with them to address their needs."*
- *"Both as part of my job and to speak both formally and informally to colleagues."*

## Ceist 8


**A bheil thu ag iarraidh barrachd chothroman Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach?**

Tha – 42.7%

Chan eil – 28.3%

Chan eil Sgilean Gàidhlig agam – 22.7%

Eile – 6.3%



## Fiosrachadh

- Le 42.7%, thuirt an àireamh as motha de dhaoine aig a bheil sgilean Gàidhlig gum biodh iad ag iarraidh barrachd chothroman an cànan a chleachdadh san àite-obrach. Chan eil e soilleir ge-tà cia mhead duine a thuirt "Chan eil" a bha dhen bheachd gun robh iad a'

cleachdadh Gàidhlig gu leòr mar-thà. Mar sin, thathar a’ feumachadh suirbhìdh ùr mu chleachdadh na Gàidhlig a bhios a’ faighneachd cheistean ann am barrachd doimhneachd, agus a thèid a dhèanamh a thaobh dhealasan Plana Cànan na Comhairle 2023-2028 (td.12), gus sgrùdadh nas mhionaichte a dhèanamh air cleachdadh na Gàidhlig.

- Thuir a’ mhòr-chuid de dhaoine a thuir “Eile” gun robh iad airson Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean sònraichte san àite-obrach, an àite san fharsaingeachd.

## Ceist 9


**A bheil thu ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh no na sgilean Gàidhlig agad a leasachadh?**

Tha – 42.75%

Chan eil – 24.8%

Chan eil Feum agam – 26.55%

Eile – 5.9%



### Fiosrachadh

- Le 42.75%, thuir an àireamh as motha de luchd-obrach is Bhuill gun robh iad ag iarraidh cothrom sgilean Gàidhlig ionnsachadh no a leasachadh. 'S e seo an aon àireamh cha mhòr ris an àireamh sa cheud a thuir gun robh iad airson barrachd Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach, mar a fhuair a-mach sna freagairtean do Cheist 8 (42.7%). Tha seo a’ ciallachadh nam biodh barrachd luchd-obrach is Bhuill ag ionnsachadh Gàidhlig, tha e coltach gum biodh cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach a’ fàs.
- Thuir a’ mhòr-chuid de dhaoine a thuir “Eile” gun robh iad airson Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean sònraichte san àite-obrach ceangailte ris an obair aca.

## Ceist 10

**Ma tha thu airson Gàidhlig ionnsachadh no na sgilean Gàidhlig agad a leasachadh, an innis thu dhuinn sa bhucas gu h-ìosal?**

An dèidh sgrùdadh còdachaidh nam freagairtean, nochd sreath farsaing de chuspairean, leis an fheadhainn as cumanta, mar a leanas:

**Tha mi a’ leasachadh sgilean Gàidhlig mar rùn pearsanta** – dh’ainmich 53 freagarraiche seo.

**Tha Gàidhlig cudromach do chultar agus fèin-aithne nan Eilean** – dh’ainmich 33 freagarraiche seo.

**Gus cuideachadh le bhith a' dèanamh m' obair** – dh'ainmich 22 freagarraiche seo.

**Gus an urrainn dhomh a bhith a' faireachdainn gu bheil mi am measg na tha a' dol air adhart sa choimhearsnachd/san àite-obrach Gàidhlig** – dh'ainmich 14 freagarraichean seo.

**Ùidh agam ann a bhith ag ionnsachadh chàinain san fharsaingeachd** – dh'ainmich 7 freagarraichean seo.

**Gus taic a chur ri ionnsachadh Gàidhlig an cuid cloinne** – dh'ainmich 6 freagarraichean seo.

### Fiosrachadh

- Thuir a' mhòr-chuid a bha airson an sgilean Gàidhlig a leasachadh gun robh iad airson sin a dhèanamh air sgàth 's gun robh dìth misneachd aca sna sgilean càinain aca, no bha iad air fàs lapach, no bha iad airson na sgilean leughaidh is sgrìobhaidh aca a leasachadh gu sònraichte. Bha fèin-aithne chultarach, faireachdainn gum biodh comas labhairt sa Gàidhlig ga dhèanamh na b' fhasa a bhith mar phàirt de choimhearsnachd, agus gum biodh comas sa Ghàidhlig a' cuideachadh le obair làitheil an luchd-obrach, nam prìomh chuspairean cuideachd. Tha seo a' sealltainn gu bheil iarrtas mòr ann airson cothroman ionnsachadh na Gàidhlig sa Chomhairle.

Bha na beachdan a leanas am measg an fheadhainn as cumanta:

- *“To improve my conversational skills both at work and socially.”*
- *“To be more effective/flexible at work, and to encourage my children to speak more Gaelic at home (they default to English for my benefit).”*
- *“Because I think that Gaelic is an incredibly important part of the islands' culture and heritage and that we should be accordingly proud of it.”*
- *“Additional opportunities to speak Gaelic, as well as improve my writing and reading skills.”*
- *“I feel that it is important and respectful to embrace local culture and language. Additionally, having grown up in a Welsh speaking area and attended a Welsh-medium school I can empathise with the WI's efforts to keep Gaelic alive and thriving.”*
- *“To enable communication with some clients that prefer to use Gaelic.”*
- *“I would like to be more confident in my written Gaelic and also be more confident when reading Gaelic.”*
- *“It's a bilingual local authority and we should be active promoters of the language, not just in schools.”*
- *“It is an intrinsic part of the local community and an important part of local identity. It would be respectful of me to communicate with service users, friends and neighbours in Gaelic.”*
- *“To be a better integrated member of the community.”*




## Ceist 11

A bheil thu air a bhith air cùrsa trèanaidh Gàidhlig bhon a thòisich thu anns a' Chomhairle?

Tha – 31.4%

Chan eil – 67.6%

Eile – 1%



### Fiosrachadh

- Tha cha mhòr trian den luchd-freagairt air a bhith air clas Gàidhlig. Tha seo a' ciallachadh gu bheil ùidh mhòr ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig.
- Feumar suirbhidh nas mionaidiche de chleachdadh Gàidhlig a chur air dòigh, gnìomh ainmichte ann an Phlana Cànain na Comhairle 2023-2028 (td.12), gus sgrùdadh nas doimhne a dhèanamh air ionnsachadh cànain sa Chomhairle, agus faighinn a-mach a bheil adhbharan airson 's nach eil cuid den luchd-obrach agus de Bhuill airson clasaichean Gàidhlig a dhèanamh.

## Ceist 12

Ma 's e "Tha" an fhreagairt agad gu Ceist 11, an urrainn dhut innse dhuinn sa bhucas gu h-ìosal dè na clasaichean no trèanadh a tha thu air a bhith a' frithealadh?

Bha na freagairtean as cumanta mar a leanas:

**Ùlpan (OGE T,I & IG)** – chaidh seo a thogail le 44 fhreagarraiche.

**Clasaichean Nuadh Phreantasan (OGE T,I & IG/e-Sgoil)** – chaidh seo a thogail le 9 freagarraichean.

**Gràmar (OGE T,I & IG)** – chaidh seo a thogail le 6 freagarraichean.

**Cùrsa Comais (OGE T,I & IG)** – chaidh seo a thogail le 5 freagarraichean.

**SpeakGaelic (OGE T,I & IG/e-Sgoil)** – chaidh seo a thogail le 4 freagarraichean.

**Nàiseanta 5 (e-Sgoil)** – chaidh seo a thogail le 3 freagarraichean.

**Còmhradh (OGE T,I & IG)** – chaidh seo a thogail le 3 freagarraichean.

**Clasaichean Gàidhlig san Àite-obrach (OGE T,I & IG)** – chaidh seo a thogail le 2 fhreagarraiche.

**Cùrsa Inntigidh (SMO)** – chaidh seo a thogail le 1 fhreagarraiche.

**Cùrsa Adhartais (SMO)** – chaidh seo a thogail le 1 fhreagarraiche.

**Duolingo** – chaidh seo a thogail le 1 fhreagarrach.

### Fiosrachadh

- Tha na toraidhean a' sealltainn gum b' e clasaichean Ùlpan am prìomh dhòigh-teagaisg a tha air a bhith ann dha luchd-obrach agus Buill na Comhairle airson iomadh bliadhna. Tha barrachd a' frithealadh chlasaichean SpeakGaelic a-nis an àite Ùlpan, ge-tà, bhon a thòisich libhrigeadh farsaing nan clasaichean seo as t-Samhradh 2022.
- Tha na toraidhean a' sealltainn gu bheil iarrtas mòr ann airson clasaichean Gàidhlig, agus gu bheil a' frithealadh sreath de chothroman ionnsachaidh a tha a' freagairt air feumalachdan gach duine.

### **Ceist 13**

Ma tha duilgheadasan air a bhith agad le clasaichean no trèanadh Gàidhlig, no ann a bhith a' faighinn cothrom air clasaichean no trèanadh Gàidhlig, an innis thu dhuinn sa bhucas gu h-ìosal mu seo?

Bha na freagairtean as cumanta mar a leanas:

**Dìth ùine gus clasaichean a dhèanamh** – chaidh seo a thogail le 21 fhreagarrach.

**Cha robh duilgheadasan sam bith ann** – chaidh seo a thogail le 10 fhreagarrach.

**Cha do leig am manaidsèar agam dhomh clasaichean a dh'fhrithéaladh** – chaidh seo a thogail le 8 fhreagarrach.

**Duilgheadasan le clasaichean/leis an dòigh-teagaisg** – chaidh seo a thogail le 3 fhreagarrach.

### Fiosrachadh

- A rèir cuid de luchd-obrach, tha dìth ùine gus clasaichean a dh'fhrithéaladh air a bhith na dhuilgheadas airson ùine mhòr. Feumar leantainn oirnn le bhith a' leasachadh an sreath de chlasaichean ionnsachaidh a tha ri fhaighinn, a bhios a' freagairt fheumalachdan an luchd-obrach agus nam Ball fa leth.
- Chan eil manaidsèaran air a bhith a' brosnachadh an luchd-obrach gus clasaichean Gàidhlig a dh'fhrithéaladh air sgàth barrachd cuideim air libhrigeadh sheirbheisan ri linn nas lugha de luchd-obrach sa Chomhairle agus buaidh COVID fhathast na dhuilgheadas. Tha seo a' daingneachadh gum feumar an sreath as fharsaing de chothroman ionnsachadh na Gàidhlig a sholarachadh, gus an sùbailteachd as fheàrr a thoirt don luchd-obrach agus do Bhuill.
- Tha beachd mearachdach ann am measg cuid gum feumar pàigheadh airson nan clasaichean. Ach, bidh Bòrd na Gàidhlig a' maoineachadh sreath farsaing de chlasaichean SpeakGaelic is Ùlpan a tha saor an-asgaidh do luchd-obrach na Comhairle. Feumaidh conaltradh leis an-luchd-obrach a thaobh seo a bhith nas fheàrr.

Bha na beachdan a leanas am measg an fheadhainn as cumanta:

- *"All training was readily available and easy to access."*

- *“I enrolled on Ulpan class but due to being short staffed, my line manager at the time told me I had to cancel. Haven't tried again since as that was very discouraging.”*
- *“My main barrier is lack of time, both at work and at home.”*
- *“I would have liked to continue my Gaelic classes but I do not have time to accommodate any classes now.”*
- *“The opportunity to learn in the workplace was great, however in reality I missed a very large number of classes due to my own workload naturally needing to take priority. Therefore the progress I made was limited - not due to teacher who was amazing.”*
- *“No problems and I am hoping SpeakGaelic is offered again.”*
- *“I requested to attend Gaelic classes when I started in my role but was told there was no funding available.”*
- *“Practising and finding time to attend classes were the main problems.”*
- *“Ulpan was not successful, mainly due to the pressure of work and IT issues.”*

## Ceist 14

### **Cleachd am bucas gu h-ìosal ma tha beachdan sam bith eile agad.**

An dèidh sgrùdadh còdachaidh nam freagairtean, nochd sreath farsaing de chuspairean sna freagairtean. Bha an fheadhainn a leanas as cumanta:

**Bu chòir barrachd Gàidhlig a bhith air a bruidhinn san àite-obrach** – chaidh seo a thogail le 13 freagarraichean.

**Ag iarraidh sgilean Gàidhlig ionnsachadh/a leasachadh** – chaidh seo a thogail le 8 freagarraichean.

**Thuir am manaidsear agam nach b' urrainn dhomh clasaichean a dh'fhrithéaladh** – chaidh seo a thogail le 5 freagarraichean.

**Dìth ùine gus clasaichean a dhèanamh** – chaidh seo a thogail le 3 freagarraichean.

**Bu chòir dhan Chomhairle a bhith a' sealltainn deagh eisimpleir le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice** – chaidh seo a thogail le 3 freagarraichean.

### Fiosrachadh

- Ged nach robh ann ach àireamh bheag de dh'fhreagairtean do Cheist 14 ann an taca ri ceistean eile, tha e soilleir gu bheil taic làidir ann airson barrachd cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach gus barrachd sheirbheisean a libhrigeadh sa Ghàidhlig. Thathar a' faicinn a' Chomhairle cuideachd mar bhuidheann chudromach ann a bhith ag àrdachadh na Gàidhlig agus ann a bhith a' sealltainn deagh eisimpleir de chleachdadh.
- Tha tòrr ùidh am measg luchd-obrach agus Bhuill ann a bhith ag ionnsachadh sgilean Gàidhlig, ach a-rithist, chaidh a dhaingneachadh gun robh dìth ùine, agus mar nach robh manaidsearan a' leigeil dha luchd-obrach clasaichean a dh'fhrithéaladh nan cnapan-starra mòra ann a bhith a' libhrigeadh ionnsachadh na Gàidhlig. Chan eil manaidsearan air a bhith a' brosnachadh an luchd-obrach gus clasaichean Gàidhlig a dh'fhrithéaladh air sgàth barrachd cuideim air libhrigeadh sheirbheisean ri linn nas lugha de luchd-obrach sa Chomhairle agus buaidh COVID fhathast na dhuilgheadas. Tha seo a' daingneachadh gum feumar an sreath as fharsaing de chothroman ionnsachadh na Gàidhlig a sholarachadh, gus an sùbailteachd as fheàrr a thoirt don luchd-obrach agus do Bhuill.

Bha na beachdan a leanas am measg an fheadhainn as cumanta:

- *“I think that having Gaelic is essential to my role working with young people and community.”*
- *“I think it is really important that Comhairle nan Eilean Siar is seen to set an example with the use of Gaelic. This is such a unique selling point for the islands and such a strong indicator of the islands' unique history and culture. It should be something everyone is proud of! Instead I feel many people are blissfully unaware of the historic importance of Gaelic while others feel the need to apologise for it.”*
- *“Tried to learn [but] management were dead against it. No idea why, kinda annoyed me and put me off trying to learn.”*
- *“As the local authority for the part of the world where Gaelic is used most as a community language, we need to support more Gaelic usage in the workplace.”*
- *“A busy work routine has prevented me from signing up to other Gaelic Classes.”*
- *“I think Gaelic should be a priority with frond of house staff that deal with the public on a daily basis, some customers much prefer to converse in Gaelic than English.”*
- *“I am going to start classes.”*
- *“Would very much like to attend classes but find times difficult.”*
- *“I'd like to see the Comhairle returning to having more emphasis on the use of Gaelic at Council Meetings and in our day to day work.”*

## APPENDIX 2 – CONSULTATION

### Co-chomhairleachadh Poblach air Plana Cànan Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar 2023-2028

Dheasaich Comhairle nan Eilean Siar dreachd de Phlana Cànan Gàidhlig airson 2023-2028, a thaobh Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Chaidh an dreachd seo aontachadh le Comataidh na Gàidhlig air 27 Sultain 2022. Chaidh an dreachd an uairsin a-mach gu cùrsa co-chomhairleachaidh phoblaich airson sia seachdainean, a' tòiseachadh air 30 Sultain, agus a' crìochnachadh air 11 Samhain 2022. Mar thoradh air a' cho-chomhairleachadh, chaidh atharrachaidhean a mholadh, 's a chaidh a dhèanamh ris an dreachd Phlana.

Ghabh tòrr dhaoine agus bhuidhnean pàirt sa cho-chomhairleachadh, agus fhuair 15 freagairtean sgrìobhte. Chuir a' mhòr-chuid den luchd-freagairt fàilte air an dreachd Plana, 's gun cuidicheadh e gus bunait sheasmhach a chruthachadh do Ghàidhlig sna h-Eileanan airson an àm ri teachd. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air na freagairtean gu lèir, agus chaidh atharrachaidhean beaga a dhèanamh air an dreachd Plana, stèidhichte air na freagairtean seo. Chaidh na h-atharrachaidhean seo aontachadh aig Comataidh.

Bha na beachdan a leanas am measg an fheadhainn as cumanta a chaidh a thoirt seachad:

## Am Plana san Fharsaingeachd

Chuir an fheadhainn a ghabh pàirt sa cho-chomhairleachadh taic ris an dreachd Plana san fharsaingeachd. Bha na beachdan a leanas am measg an fheadhainn as cumanta:

*“The plan looks very solid, and appropriately ambitious. Some excellent aspirations, and indeed essential ones.”*

*“[We welcome] the commitments in this draft Gaelic Language Plan, the 4th iteration from Comhairle nan Eilean Siar. We recognise the importance of the Gaelic speaking communities in the Western Isles to the future survival of Gaelic and support all efforts to maintain these communities.”*

*“Tha mi air am plana agaibh a leughadh agus feumaidh mi ràdh gu bheil e fìor mhath nam bheachd – gu h-àraid a thaobh an amais gus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig a chur air dòigh don luchd-obrach agaibh.”*

*“[The Plan] will be of great importance to the islands if implemented fully.”*

*“It is great to see many aspirations towards supporting learners and encouraging new speakers, such as through learning opportunities for staff and parents, support for communities, ensuring new staff have knowledge of the Comhairle’s Gaelic Language Plan, ensuring Gaelic training opportunities are embedded in new staff inductions.”*

Bha a’ mhòr-chuid de bheachdan a chaidh fhàgail mu na cuspairean foghlam agus coimhearsnachdan.

## Foghlam

Chaidh na puingeann a leanas a mholadh gu sònraichte le freagarraichean a thaobh an dealais gus foghlam Gàidhlig a leasachadh:

- Oifigearan Tràth Bhliadhnaichean a’ conaltradh le pàrantan is an fheadhainn a tha an dùil a bhith nam pàrantan mu bhuannachdan FtG do chloinn;

*“The focus on Gaelic in the Home and the Early Years in the plan is to be commended. Inter-generational transmission of the language must be nurtured and protected if Gaelic is to flourish as a language in the communities of the Western Isles.”*

- Targaidean deimhinn a thaobh clàradh ann am foghlam Gàidhlig;

*“I think more enrolment in GME would help the Gaelic language in schools and would help to decrease segregation of pupils into separate GM and EM streams.”*

- A' cur pròiseact paidhleit air dòigh gus ionad bogaidh Gàidhlig a stèidheachadh;
- Feallsanachd Ghàidhlig nas làidire ann an sgoiltean;

*“An emphasis on creating a stronger Gaelic ethos in all schools offering Gaelic provision in the new Gaelic policy for the Education, Skills and Children’s Services Department is welcome.”*

- A' beachdachadh air stèidheachadh sgoiltean Gàidhlig fa leth sna h-Eileanan;

*“We strongly support the aspiration for standalone schools as the gold standard for GME.”*

- A' gluasad air falbh bho a bhith a' cleachdadh ghoireasan eadar-theangaichte nach eil a' gabhail a-steach an cleachdadh as fheàrr a thaobh cànanachas, agus a' leasachadh ghoireasan gu sònraichte airson Gàidhlig na àite;
- A' gabhail comhairle bho eòlaichean ann an cànanachas agus cultar ann a bhith a' sgrùdadh agus a' leasachadh ghoireasan;
- A' leudachadh an sreath de chuspairean a tha ri fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig;
- A' leanntainn air le bhith a' leasachadh a' churraicealaim Ghàidhlig airson sgoilearan Bun-sgoil is Àrd-sgoil tro e-Sgoil;

*“e-Sgoil - we recognise the role of e-sgoil as a curriculum enhancing tool which has a role to play in certain elements of education.”*

- A' dèanamh sgrùdadh air an sreath de chuspairean FtG a thathar a' tabhann, gus cuspairean nas practaigiche no nas dreuchdaile a ghabhail a-steach cuideachd;
- A' leasachadh sheirbheisean cudromach mar shlànachadh cainnt is cànan dha sgoilearan Gàidhlig;
- A' toirt làn cothruim do sgoilearan nach eil ann an clasaichean FtG pàirt a ghabhail ann an tachartasan Gàidhlig, no a tha ceangailte ris a' churraicealam Gàidhlig. Bu chòir dha barrachd thachartasan sa Ghàidhlig a bhith rim faighinn, a' toirt seachad cothroman ionnsachaidh nas spòrsaile dha sgoilearan;
- A' comasachadh co-ionannachd ann a bhith a' faighinn cothrom air teisteanasan SQA;
- A' leudachadh air cothroman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'inbhich, a bhios a' cur taic ri ionnsachadh na Gàidhlig am measg an clann.

Chaidh na molaidhean a leanas a thoirt seachad, agus chaidh atharrachaidhean a dhèanamh ris an dreachd Plana mar thoradh air sin:

*“There needs to be more collaboration with the NHS to ensure that parents are correctly advised on bilingualism and the advantages of speaking Gaelic and encouraged to use Gaelic with their children.” [td.23]*

*“It would be useful to survey parents on an annual basis on their reasons for opting out of GME and choosing EME for their children.” [td.30]*

*“Could a more holistic approach to education be explored, such as by art centres offering Gaelic music/art tuition to expand the Gaelic curriculum?” [td.34]*

## **Coimhearsnachdan**

Chaidh na puingeon a leanas a mholadh gu sònraichte le freagarrachd a thaobh an dealais gus fàs na Gàidhlig a chur air chois sna coimhearsnachdan:

- Barrachd obraichean far a bheil sgilean Gàidhlig riatanach;
- A’ ceangal a’ Phlana Gàidhlig ri ro-innleachdan leasachaidh ionadail eile;
- Barrachd taigheadais air prìs reasonta ann an coimhearsnachdan Gàidhlig;

*“New placenames or names of new housing schemes etc. should always be in Gaelic with consideration for the local names that might exist.”*

- A’ libhrigeadh chùrsaichean FtG a tha a’ freagairt air feumalachdan an eaconomaidh ionadail;
- Obair le sgoiltean, fastaichean ionadail agus OGE gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse ann gum feumar cànan a cheangal ri cothroman obrach sa churraicealam;
- A’ solarachadh comas-ceangail bann-leathann nas fheàrr ann an sgìrean ionadail;
- Ag obair gus iarrtasan a mheudachadh airson Preantasachdan Bun-ìre is Nuadh Phreantasachdan, agus cùrsaichean Colaisde is Oilthigh ionadail, gu h-àraid an fheadhainn a tha ceangailte ri roinnean a tha a’ fàs, mar thurasachd, biadh is deoch, seirbheisean gnìomhachais, lùth, agus obair togail;

*“Assistance should be given to UHI and forward planning done to ensure they can deliver courses through Gaelic that most benefit the local economy and allow for greater retention of young people, for example in care, media, hospitality, tourism, retail, teaching, early years, construction, etc.”*

- A’ brosnachadh Gàidhlig mar sho-mhaoin eaconomach;
- Barrachd taice airson gnìomhachasan, a’ gabhail a-steach gnìomhachasan ceangailte ri Gàidhlig, co-cheangailte ri prìomhachasan leasachaidh ionadail eile;
- A’ neartachadh ion-ghabhail didseatach tro e-Sgoil;
- A’ fastadh àireamh àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an seirbheisean cùraim agus a’ meudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean cùraim;
- A’ dèanamh cinnteach gun dèan Preantasan na Comhairle prògram ionnsachadh na Gàidhlig mar chùmhnannt dhen chùmhnannt obrach aca;

- A’ cur taic ionmhasail ri sreath as fharsainghe de phròiseactan ealain is dualchais as urrainnear a mhaoineachadh, a tha a’ cur air adhart cleachdadh no ionnsachadh na Gàidhlig;

The following recommendations were made, and amendments to the draft Plan were included accordingly:

*“Perhaps partnerships with VisitScotland, Outer Hebrides Tourism etc. could be explored to ensure [that pushing Gaelic as an economic asset] is happening to a greater degree.” [td.49]*

*“There [should be] reference to the Great Place Strategy [and] Comann Dualchas Innse Gall/ Outer Hebrides Heritage Forum.” [td.51]*